- NOGGIN, s.** Noigean, gogan.
- NOISE, s.** Fuaim, farum, tartar, toirm, torman; glaoth, gleadhar, sgread, iolach, gàir; buaireas.
- NOISELESS, adj.** Neo-fhuaimneach.
- NOISINESS, s.** Fuaimneachd, farumachd, gleadhrachd, tartarachd, bruidhneachd.
- NOISOME, adj.** Cronail, ciùrrail, aimhleasach; neo-fhallain; sgreataidh, sgreamhail, déisinneach.
- NOISY, adj.** Fuaimneach, farumach, tartarach, gleadhrach, buaircasach.
- NOLITION, s.** Aindeonachd, aindeoin.
- NOMBLES, s.** Grealach féigh.
- NOMENCLATOR, s.** Fear toirt ainmean.

- NOMENCLATURE**, *s.* Facalair-ainm.
NOMINAL, *adj.* Ainmeach, fo ainm.
NOMINATE, *v. a.* Gairm air 'ainm.
NOMINATION, *s.* Còir ainmeachaidh.
NOMINATIVE, *s.* (*in grammar.*)
 Ainm-fhacal.
NOMINEE, *s.* Neach-ainmichte.
NONAGE, *s.* Òg-aois, aois-leannabais.
NON-APPEARANCE, *s.* Neo-theachd-an-lathair.
NON-COMPLIANCE, *s.* Diùltadh.
NON-CONFORMIST, *s.* Fear-aicheadh a' chreidimh shuidhichte.
NONCONFORMITY, *s.* Neo-aontachd.
NONDESCRIPT, *adj.* Neo-shloinnte.
NONE, *adj.* Aon, neach, ni, neach sam bith, ni sam bith; a' bheag.
NONENTITY, *s.* Neo-bhith.
NONESUCH, *s.* Ainm ubhail àraidh.
NONEXISTENCE, *s.* Neo-bhitheachd.
NONJUROR, *s.* Fear-diùltaidh mhionn-an do 'n rìgh dhligeach.
NONPAREIL, *s.* Barrachd, òirdheirecas, «neanbh-litir clò-bhualaidh.
NONPLUS, *s.* Iomacheist.
NONPLUS, *v. a.* Cuir an iomacheist.
NONRESIDENT, *s.* Fear á dhùthaich fèin, fear o'n bhaile.
NONRESIDENT, *adj.* Neo-chòmhnaidheach, neo-thàmhach.
NONRESISTANCE, *s.* Làn-ghéill.
NONRESISTANT, *adj.* Làn-ghéilleach.
NONSENSE, *s.* Neo-sheadh, bòilich.
NONSENSICAL, *adj.* Neo-sheadhach.
NONSPARING, *adj.* Neo-thròcaireach.
NONSUIT, *v. a.* Cuir stad air cùis lagha.
NOOK, *s.* Cùil, oisinn, cèarn.
NOON, *s.* Ard-mheadhon-latha.
NOONDAY, **NOONTIDE**, *s.* Nòin, meadhon-latha, àird' an làtha.
NOOSE, *s.* Lùb-ruithe, snaim-ruithe.
NOOSE, *v. a.* Snaim, rib, cuir an sàs.
NOR, *conj.* No, ni mò, ni's mò, n'as mò, cha mhò.
NORMAL, *adj.* Rìghailteach.
NORTH, *s.* An àirde-tuath; tuath.
NORTHERLY, **NORTHERN**, **NORTHWARD**, *adj.* Tuathach, tuath, à tuath.
NORTHEAST, *s.* An àird' an ear-thuath.
NORTHSTAR, *s.* Reull na h-àirde tuath.
NORTHWARD, *adv.* Mu thuath.
NORTHWEST, *s.* An àird' an iar-thuath.
NORTHWIND, *s.* A' ghaoth á tuath.
NORWEGIAN, *s.* and *adj.* Lochlunnach.
NOSE, *s.* Sròn; fàile, sicireachd.
NOSE, *v.* Srònaisich, gabh fàile.
NOSEGAY, *s.* Giobag bhlàth-luibhean.
NOSSLE, *s.* Rinn-a-mach, iomal.
NOSOLOGY, *s.* Eòlas, ghalaran.
NOSTRIL, *s.* Cuinnean, pollair.
NOSTRUM, *s.* Leigheas dìomhair.
NOT, *adv.* Cha, ni, cha-n é, ni h-eadh.
NOTABLE, *adj.* Ainmeil, sònraichte.
NOTABLENESS, *s.* Ainmealachd.
NOTARY, *s.* Nòtair, fear-lagha.
NOTATION, *s.* Pùngachadh, cur sìos.
NOTCH, *s.* Eag, gàg, peasg.
NOTE, *s.* Comharradh; fios, aire; inbhe, cliù, iomradh; mì-chliù, tàir; pong-chiùil; cuimhneachan; litir bheag; bann, bann-sgrìobhte; mìneachadh.
NOTE, *v. a.* Comharraich, cuir sìos, thoir fainear, beachdaich.
NOTED, *part.* Ainmeil, sònraichte.
NOTEDNESS, *s.* Ainmealachd.
NOTELESS, *adj.* Neo-ainmeil.
NOTHING, *s.* Neo-ni, dad, sìon.
NOTHINGNESS, *s.* Neo-nitheachd.
NOTICE, *s.* Aire, beachd; fios, sanas.
NOTICE, *v. a.* Beachdaich, thoir fainear, thoir an aire.
NOTIFICATION, *s.* Cur-an-céill.
NOTIFY, *v. a.* Cuir an céill, foillsich.
NOTION, *s.* Breithneachadh, smuain.
NOTIONAL, *adj.* Inntinneach, beachdach.
NOTORIETY, *s.* Fiosrachadh follaiseach.
NOTORIOUS, *adj.* Comharraichte, ainmeil, suricheanta.
NOTORIOUSNESS, *s.* Allail.
NOTT, *v. a.* Gearr, bearr, lomair.
NOTWITHSTANDING, *conj.* Gidheadh.
NOTUS, *s.* A' ghaoth á deas.
NOUGHT, *s.* Neo-ni.
NOUN, *s.* Ainm, ainm-ni.
NOURISH, *v. a.* Àraich, tog, eiridnich.
NOURISHABLE, *adj.* So-àraich, so-thogail, so-bheathachadh.
NOURISHMENT, *s.* Beathachadh, àrach.
NOVATION, *s.* Nuadhachadh, mùthadh, atharrachadh.
NOVEL, *adj.* Nuadh, annasach, ùr.
NOVELIST, *s.* Ùr-sgeulaiche.
NOVELTY, *s.* Ùrachd, annas.
NOVEMBER, *s.* Ceud-mhìos a' gheamhraidh.
NOVERCAL, *adj.* Muimeach.
NOVICE, *s.* Neach neo-theòma, neach aineolach, ùr-chreideach.
NOVIATE, *s.* Ùr-thoiseach.
NOVITY, *s.* Urachd, annas.
Now, *adv.* A nise, an dràsta, an ceart-uair, 's an àm so, 'sa' cheart àm, air an uair.
NOWANAYS, *adv.* Anns na làithibh so.
NOWHERE, *adv.* An àite sam bith: *with a preceding negative.*

- NOWISE**, *ad.* Idir, air dòigh sam bith : *requiring a negative to precede.*
- NOXIOUS**, *adj.* Ciurrail, cronail, dochannach ; neo-fhallain.
- NOXIOUSNESS**, *s.* Dochannachd, neo-fhallaineachd.
- NOZLE**, *s.* Smeachan, bus, gnos.
- NUBBLE**, *v. a.* Spuaic, dean brùite.
- NUBIFEROUS**, *adj.* Neulach.
- NUBILATE**, *v. a.* Neulaich, dorchaich.
- NUBILE**, *adj.* Infhir, aig aois pòsaidh.
- NUCIFEROUS**, *adj.* Cnòdhach, cnùdhach.
- NUCLEUS**, *s.* Eitean, mathair-iongarach.
- NUDATION**, *s.* Lomadh, rùsgadh.
- NUDE**, *adj.* Lom, rùisgte, lomnochd.
- NUDITY**, *s.* Lom, nochdachd, luime.
- NUGACITY**, **NUGALITY**, *s.* Gusgul, briot, pronna-ghlòir.
- NUGATORY**, *adj.* Faoin, diamhain, baoh, gun fhiù.
- NUISANCE**, *s.* Trustaireachd, salachar.
- NULL**, *s.* Ni gun fheum, gun stàth.
- NULL**, *adj.* Neo-stàthach, gun fheum.
- NULLITY**, *s.* Neo-thairbh ; neo-bhìth.
- NUMB**, *adj.* Fuar-rag, rag le fuachd.
- NUMB**, *v. a.* Meilich, ragaich le fuachd.
- NUMBER**, *v. a.* Àir, cunnt, dean snas.
- NUMBER**, *s.* Mòran, iomadh ; iomadaidh àireamh, cunntas, fìmhìr, uibhir ; fonn, rannachd.
- NUMBERER**, *s.* Fear-àireamh.
- NUMBERLESS**, *adj.* Gun-àireamh.
- NUMBERNESS**, *s.* Marbhadhachd.
- NUMERABLE**, *adj.* So-àireamh.
- NUMERAL**, *adj.* Àireamhach.
- NUMERARY**, *adj.* A bhùineas do dh' àireamh.
- NUMERATION**, *s.* Àireamhachadh.
- NUMERATOR**, *s.* Fear-àireamh.
- NUMERICAL**, *adj.* Àireamhail.
- NUMERIST**, *s.* Uaimhiriche.
- NUMEROUS**, *adj.* Lìonmhor, iomadaidh, iomadach.
- NUMMARY**, *adj.* Airgeadach.
- NUMSKULL**, *s.* Ploc-cheann, amadan.
- NUN**, *s.* Cailleach-dhubh, piuthar-bhocd ; tè aonaranach.
- NUNCHON**, *s.* Biadh-eadar-dha-thràth.
- NUNCIO**, *s.* Teachdaire o'n Phàpa.
- NUNCUPATIVE**, **NUNCUPATORY**, *adj.* A chuireas an cèill gu follaiseach, le càinnt beòil.
- NUNNERY**, *s.* Cill chailleacha-dubha.
- NUPTIAL**, *adj.* A bhùineas do phòsaidh.
- NUPTIALS**, *s.* Pòsadh, banais.
- NURSE**, *s.* Banaltrum, bean-eiridnidh.
- NURSE**, *v. a.* Altrum, àraich, eiridnich.
- NURSERY**, *s.* Gàradh-altrum ; seòmar-altrum, seòmar cloinne.
- NURSING**, *s.* Banaltrumachd.
- NURSING**, *s.* Dalta, bann-dalta.
- NURTURE**, *s.* Àrach, teachd-an-tìr, lòn, oilean ; fòghlum.
- NURTURE**, *v. a.* Àraich, tog suas, teagaisg, fòghlum, ionnsaich.
- NUSTLE**, *v. a.* Cairrìch ; eniadaich.
- NUT**, *s.* Cnò, cìoch cuibhle.
- NUTATION**, *s.* Clisgeadh, oilt-chrith.
- NUTGALL**, *s.* Am buicean-daraich.
- NUTMEG**, *s.* A' chnò-mheannt.
- NUTRICATION**, *s.* Seòl-beathachaidh.
- NUTRICIOUS**, **NUTRITIVE**, *adj.* Beathachail, àrachail.
- NUTRITION**, *s.* Buaidh-àraich.
- NUTRIMENT**, *s.* Beathachadh, lòn.
- NUTRIMENTAL**, *adj.* Beathachail, biadhar, àrachail.
- NUTRITURE**, *s.* Biadhachd, beathachadh, àrach.
- NUT-TREE**, *s.* Craobh-chnò.
- NUZZLE**, *v. a.* Falaich do cheann mar ni leanabh.
- NYMPH**, *s.* Ban-dia nan coilltean, ainnir, rìbhinn, maighdean.

O

- O**, *s.* Cùigeamh litir deug na h-aibidil.
- O!** *interjection.* O! a!
- OAF**, *s.* Amadan, ùmaidh, ònaid.
- OAFISH**, *adj.* Baoh, amadanach.
- OAFISHNESS**, *s.* Baoghaltachd.
- OAK**, *s.* Darag, darach.
- OAKAPPLE**, *s.* Cnò-dharaich.
- OAKEN**, *adj.* Daraich, do dharach.
- OAKLING**, *s.* Òg-dharach.
- OAKUM**, *s.* Calcas.
- OAR**, *s.* Ràmh, suaibe.
- OAR**, *v.* Iomair, dean iomaradh.
- OATCAKE**, *s.* Bonnach-coirce.
- OATEN**, *adj.* Corcach, coirceach, coirce.
- OATH**, *s.* Mòid, boid, mionnach.
- OATH-BREAKING**, *s.* Eitheach.
- OATMALT**, *s.* Braich-choirce.
- OATMEAL**, *s.* Min-choirce.
- OATS**, *s.* Corc, coirc, coirce.
- OBAMFULATION**, *s.* Coiseachd mu'n cuairt, cuairt-ionmachd.
- OBCONICAL**, *adj.* Bonna-chaol.
- OBCORDATE**, *adj.* Air cumadh cridhe.
- OBDUCE**, *v. a.* Còmhdach, thairis.
- OBDUCTION**, *s.* Còmhdachadh.

- OBDURACY, s.** Cruas-cridhe, neo-aithreachas, rag-mhuinealas.
- OBDURATE, adj.** Cruaidh-chridheach, rag-mhuinealach, neo-aithreachail.
- OBDURATION, OBDURATENESS, s.** Rag-mhuinealas, cruas-cridhe.
- OBDURATELY, adv.** Gu neo-gheilleach, gu neo-umhailte.
- OBEIANCE, s.** Ùmhlachd, géill.
- OBEIENT, adj.** Ùmhal, so-riaghladh.
- OBEIDENTIAL, adj.** Ùmhlachdail.
- OBEISANCE, s.** Fàilte, ùmhlachd, beic.
- OBELISK, s.** Carragh-chrasgach, an comharradh so (+) air marbhan leabhair.
- OPERATION, s.** Siubhal-scacharain.
- OBESE, adj.** Reamhar, meath, cullach.
- OBEY, v. a.** Strìochd, géill, freagair.
- OBIT, s.** Falair, alair.
- OBITUARY, s.** Clàr-innsidb nam marbh.
- OBJECT, s.** Cuspair, nì, cùis, crìoch.
- OBJECT, v. a.** Cuir an aghaidh, diùlt.
- OBJECTION, s.** Cunnuil; cur an aghaidh, tagradh; fàth-gearain, coire, talach.
- OBJECTIVE, adj.** Cuspaireach, cùiseach.
- OBJECTOR, s.** Fear-diùltaidh.
- OBJURATION, s.** Bòid-cheangail.
- OBJURGATE, v. a.** Cronaich, trod.
- OBJURATION, s.** Acbmhasan, trod.
- OBJURGATORY, adj.** Achmhasanach.
- OBLATION, s.** Tabhartas, iobairt.
- OBLIGATION, s.** Ceangal, còir, dleasanas; cùmhnant; comain.
- OBLIGATORY, adj.** Ceangaltach, cùmhnantach, comaineach.
- OBLIGE, v. a.** Cuir mar fhiachaibh air, thoir air; cuir fo chomain, cuir comain air.
- OBLIGEE, s.** Neach fo-chomain.
- OBLIGING, adj.** Coingheallach, suaice.
- OBLIQUE, adj.** Neo-dhìreach, siar.
- OBLIQUENESS, OBLIQUITY, s.** Fiaradh, siaradh, camadh, cromadh; claonadh, cluaintearachd.
- OBLITERATE, v. a.** Dubh a mach, mill.
- OBLITERATION, s.** Dubhadh às, mill-eadh.
- OBLIVION, s.** Di-chuimhne; mathanas.
- OBLIVIOUS, adj.** Di-chuimhneach.
- OBLONG, adj.** Cruinn-fhada.
- OBLIQUE, s.** Coire, cùl-chainnt, maslachd.
- OBMULESCENCE, s.** Balbhachd.
- OBNOXIOUS, adj.** Buailteach do.
- OBNUBLIATE, v. a.** Dorchaich, neulaich, dubharaich.
- OBOLE, s.** Deich gràinean.
- OBREPTION, s.** Feath-laidhe, eun-laidhe.
- OBSCENE, adj.** Draosda, drabasda, neo-ghlan truailidh, salach; déisinn-each, sgreataidh.
- OBSCENITY, s.** Draosdacadh, drabasdachd, neo-ghlaine.
- OBSCURATION, s.** Doilleireachd, duirche.
- OBSCURE, adj.** Dorcha, doilleir, dubharach; uaigneach, falaichte; deacair, dìomhair; neo-ainmeil.
- OBSCURE, v. a.** Dorchaich, doilleirich, neulaich; ceil, falaich; sgàilich, dean deacair.
- OBSCURENESS, OBSCURITY, s.** Duirche, doilleireachd; uaigneas; deacair-eachd, doirbheachd.
- OBSECRATION, s.** Achanaich.
- OBSEQUIES, s.** Bròn-tìodhlaicidh.
- OBSEQUIOUS, adj.** Ùmhal, strìochdail.
- OBSEQUIOUSNESS, s.** Strìochdalachd.
- OBSEVABLE, adj.** So-fhaicinn, comharrate; soillir.
- OBSEVABLY, adv.** Gu comharrate.
- OBSERVANCE, s.** Modh, urram, ùmhlachadh; aoradh, gnà-aoradh; aire, faicill, cùram; riaghailt; spéis, meas.
- OBSERVANT, adj.** Aireil, faicilleach, cùramach; spéis-thabhartach.
- OBSERVATION, s.** Beachd, beachdachadh, dearcadh, aire, toirt-fainear; sealladh, amharc; fiosrachadh; deas-ghnàthachadh, frithcaladh.
- OBSERVATOR, OBSERVER, s.** Fear-amhairc, fear-aire, fear-coimhead, fear-beachdachaidh.
- OBSERVATORY, s.** Taigh-amhairc reull.
- OBSERVE, v.** Beachdaich, seall, amhairc; thoir fainear, fiosraich; frith-eil, faic; bi air t' fhaicill.
- OBSSESSION, s.** Sòisd, séisdeadh.
- OBSOLETE, adj.** A cleachdadh.
- OBSTACLE, s.** Grabadh, bacadh, cnap-starra; ball-toirmisg.
- OBSTINACY, s.** Rag-mhuinealas.
- OBSTINATE, adj.** Ceann-laidir, rag.
- OBSTINATELY, adv.** Gu reasgach.
- OBSTINATENESS, s.** Rag-mhuinealachd.
- OBSTIPATION, s.** Dunadh suas.
- OBSTREPEOUS, adj.** Gleadhrach.
- OBSTRUCTION, s.** Daingneachadh, bann.
- OBSTRUCT, v. a.** Bac, dùin suas.
- OBSTRUCTION, s.** Ceap-starra, bacadh; ball-toirmisg.
- OBSTRUCTIVE, adj.** Grabach, amlach.
- OBSTRUENT, adj.** Grabanta, éiseil.
- OBSTUPEFACTION, s.** Tuaineulachd.
- OBTAIN, v. a.** Buannaich, coisinn, faigh; mair, buanaich; bi seasmhach.
- OBTAINABLE, adj.** So-fhaotainn.
- OBTAINMENT, s.** Buannachadh, coanadh, faotainn.

OBTEMPERATE, *v. a.* Strìochd, géill.
 OBTEIND, *v. a.* Cuir an aghaidh, cum a mach.
 OBTENERATION, *s.* Dorchadas, duibhre, doillearachd.
 OBTEINTION, *s.* Cur an aghaidh.
 OBTEST, *v.* Aslaich, guidh, grìos.
 OBTESTATION, *s.* Aslachadh, grìosad.
 OBTRACTATION, *s.* Cùl-chàineadh.
 OBTRUDE, *v. a.* Rach gun chuireadh.
 OBTRUDER, *s.* Sgimilear.
 OBTRUSION, *s.* Sgimilearachd.
 OBTRUSIVE, *adj.* Sgimilearach.
 OBTUND, *v. a.* Maolaich; lagaich.
 OBTUSE, *adj.* Maol, neo-gheur; clod-cheannach, marbhanta, troma-cheannach.
 OBTUSELY, *adv.* Gu roinn, maol.
 OBTUSENESS, *s.* Maoile, neo-gheire.
 OBUSION, *s.* Maoladh.
 OBVERSE, *adj.* Air a bheul-fodha.
 OBVERT, *v. a.* Tionndaidh chuige.
 OBIATE, *v. a.* Thig 'san rathad, bac, grab, coinnich.
 OBVIOUS, *adj.* Soilleir, furasda; réidh.
 OBVIOUSNESS, *s.* Soilleireachd.
 OCCASION, *s.* Tuiteamas, tachartas, cothrom, fàth, àm; aobhar; feum.
 OCCASION, *v. a.* Aobharaich, tàrnaich; thoir mu'n cuairt.
 OCCASIONAL, *adj.* Tachartach, air uairibh, tuiteanach.
 OCCASIONALLY, *adv.* An dràs, 's a rithist, air uairibh.
 OCCIDENT, *s.* An iar, an airde 'n iar.
 OCCIDENTAL, OCCIDUOUS, *adj.* Iar, siar, iarach.
 OCCIPUT, *s.* Cùl a' chinn.
 OCCLUDE, *v. a.* Dùin suas.
 OCCULT, *adj.* Dìomhair, falaichte.
 OCCULTATION, *s.* Reull-fhalach.
 OCCULTNESS, *s.* Dìomhaireachd.
 OCCUPANCY, *s.* Séilbh-ghabhail.
 OCCUPANT, *s.* Fear-sealbhachaidh.
 OCCUPATE, *v. a.* Gabh séilbh.
 OCCUPATION, *s.* Sealbh-ghlacadh; obair, dreuchd, ceaird, guothach.
 OCCUPIER, *s.* Fear-séilbhe, sealbhadair.
 OCCUPY, *v.* Gabh sealbh, séilbhich, gléidh; saothrich, gnàthaich, caith; lean; cuir gu buil.
 OCCUR, *v. n.* Thig 's a chuimhne; thig 's an rathad; taclair.
 OCCURRENCE, *s.* Tachartas, tuiteamas.
 OCCUSION, *s.* Co-bhuille, co-bhualadh.
 OCEAN, *s.* Cuan, lear, fairge, muir, aibheis.
 OCELLATED, *adj.* Sùileach, coltach ri sùil.

OCHRE, *s.* Ruadh-chailc, cailc-dhatha.
 OCHREOUS, *adj.* Ruadh-chailceach.
 OCTAGON, *s.* Ochd-shlisneag.
 OCTAGONAL, *adj.* Ochd-chearnach.
 OCTANGULAR, *adj.* Ochd-oisinneach.
 OCTAVO, *adj.* Ochd-dhuilleagach.
 OCTENNIAL, *adj.* Ochd-bhladhach.
 OCTOBER, *s.* Mios deireannach an fhoghair.
 OCTONOCULAR, *adj.* Ochd-shùileach.
 OCTOPETALOUS, *adj.* Ochd-bhileach.
 OCTUPLE, *adj.* Ochd-fhillteach.
 OCULAR, *adj.* Fo shealladh sùil.
 OCULIST, *s.* Léigh-shùil, sùil-léigh.
 ODD, *adj.* Còrr, gäbhaidh, neònach, ioghantach; sùraichte.
 ODDITY, *s.* Neònachas, neach iongantach, annas.
 ODDNESS, *s.* Còrr, neo-ghnàthachd.
 ODDS, *s.* Barrachdas; lamh an uachdar; tuasaid, sabaid, carraid.
 ODE, *s.* Duanag, luinneag, rann.
 ODIUS, *adj.* Fuathmhor, gràineil.
 ODIOSNESS, *s.* Fuathmhorachd.
 ODIUM, *s.* Fuath, gamhlas, coire.
 ODORIFEROUS, *adj.* Cùbhraidh.
 ODOROUS, *adj.* Boltrachail, cùbhraidh.
 ODOUR, *s.* Cùbhraidheachd, bòladh.
 OECUMENICAL, *adj.* Coitcheann.
 OEILIAD, *s.* Priobadh, caogadh.
 O'ER, *adv.* contracted from *over*. Thall.
 OF, *prep.* De dhe, a; o; mu, ma dhéibhinn; á, as; am measg.
 OFF, *adv.* Dheth; as; air cùl.
 OFF, *interj.* Air falbh! teich as mo shealladh! as m'fhianais!
 OFF, *prep.* De, dhe; o.
 OFFAL, *s.* Spruilleach, fuighleach, dràib, blionach.
 OFFENCE, *s.* Cionta, coire, droch-bheart; oilbheum, tàmailt; ionnsaidh, ruathar.
 OFFENCEFUL, *adj.* Cronail, ciùrrail; oilbheumach, tàmailteach.
 OFFENCELESS, *adj.* Neo-oilbheumach.
 OFFEND, *v.* Feargaich, broснаich; thoir ionnsaidh, buail; dean coire.
 OFFENDER, *s.* Ciontach, coireach.
 OFFENSIVE, *adj.* Oilbheumach; dochannach, cronail; ionnsaidheach; mi-thaitneach, fuathmhor.
 OFFENSIVENESS, *s.* Cron, dochair; gràinealachd, fuathmhorachd.
 OFFER, *v.* Tairg; iobair; nochd, tòisich; thig 's an làthair, bi am fagus; thoir ionnsaidh.
 OFFER, *s.* Tairgse.
 OFFERING, *s.* Tabhartas, iobairt.
 OFFERTORY, *s.* Tabhartas; ionad-tasgaidh iobairtean.

- OFFICE, *s.* Seirbhis, feum; gnothach, obair; seòmar-gnothaich.
- OFFICER, *s.* Oifigeach.
- OFFICIAL, *adj.* Dreuchdail.
- OFFICIATE, *v.* Coimhlion; fritheil.
- OFFICIOUS, *adj.* Còir, caoimbeil, coingheallach; bleideil.
- OFFICIOUSNESS, *s.* Bleidealachd.
- OFFING, *s.* Stiùradh o thìr.
- OFFSCOURING, *s.* Anahs, salchar.
- OFFSET, *s.* Meangau, fiùran, ùr-fhàs.
- OFFSPRING, *s.* Iarmad, sliochd, sìol, àl, gineal, clann.
- OFFUSCATE, *v. a.* Neulaicb, gruamaich, doilleirich.
- OFT, OFTEN, OFTENTIMES, OFTIMES, *adv.* Gu tric, gu minig.
- OFTEN, *adj.* Tric, minig, iomadh uair.
- OGEE, OGIVE, *s.* Seòrsa do hhracadhualadh air clachan aithribh.
- OGLE, *v. n.* Claon-amhairc, caog.
- OGLINO, *s.* Claon-amharc, caogadh.
- OH! *interj.* O! och! mo thruaighe!
- OIL, *s.* Ola, ùilleadh, eòlan.
- OIL, *v. a.* Olaich, ùill, ùillich.
- OILINESS, *s.* Olachd, ùillidheachd.
- OILY, *adj.* Olach, ùilleach.
- OINTMENT, *s.* Ola-ungaidh, ola-leighis, acuinn sàbh.
- OLD, OLDEN, *adj.* Sean, aosmhor, rosda; àrsaidh.
- OLDFASHIONED, *adj.* Scair-ghnàthach.
- OLDISH, *adj.* A leth-char sean.
- OLDNESS, *s.* Seanachd, aosdachd.
- OLEACINOUS, OLEOSE, OLEOUS, *adj.* Eòlanach, ùilleach.
- OLFACTORY, *adj.* Fàileach, fàileanta.
- OLIOARCHY, *s.* Iar-fhlaitheachd.
- OLIVASTER, *adj.* Lachdunn, riabbach.
- OLIVE, *s.* Crann-ola, dearcán-ola, meas a' chroinn ola.
- OMBRE, *s.* Cluich trùir air cairtean.
- OMEGA, *s.* Deireadh, crìoch, an litir dheireannach do'n aibidil Ghreugach.
- OMELET, *s.* Sgreahhag, bonnach-ùithe.
- OMEN, *s.* Manadh, roi'-chomharradh.
- OMER, *s.* Tomhas Eabhreach thrì pìinnt.
- OMINATE, *v.* Fàisnich, roi-innis.
- OMINOUS, *adj.* Droch-thargrach.
- OMISSION, OMITTANCE, *s.* Dearmad, dì-chuimhn, neo-chùram, neo-aire.
- OMIT, *v. a.* Dearmaid, dì-chuimnich; fàg às, fàg a mach.
- OMNIFEROUS, *adj.* Uile-thabhartach.
- OMNIFIC, *adj.* Uile-dhèanadach.
- OMNIFORM, *adj.* Uile-chruthach.
- OMNIOENOUS, *adj.* Uile-ghnèitheach.
- OMNIPOTENCE, OMNIPOTENCY, *s.* Uile-chumhachd, uile-chomas.
- OMNIPOTENT, *adj.* Uile-chumhachdach, uile-chomasachd.
- OMNIPRESENCE, *s.* Uile-làthaireachd.
- OMNIPRESENT, *adj.* Uile-làthaireach.
- OMNISCIENCE, *s.* Uil'-fhiosrachd.
- OMNISCIENT, *adj.* Uil'-fhiosrach.
- OMNIVOROUS, *adj.* Uile-shluigeach.
- OMNOLOOY, *s.* Co-choltas, samhlachas.
- ON, *prep.* and *adv.* Air.
- ON! *interj.* Air aghart! air t'aghart!
- ONCE, *adv.* Aon uair; uair, uair-eigin.
- ONE, *adj.* Aon, a h-aon.
- ONE, *s.* Neach, urra, aon fear, té.
- ONE-EYED, *adj.* Leth-shuileach, cam.
- ONEIROCRITIC, *s.* Fear-brcathnachaidh bhruadar.
- ONERARY, *adj.* Luchdail, lòdail.
- ONERATE, *v. a.* Luchdaich, sacaicb.
- ONERATION, *s.* Luchdachadh.
- ONEROUS, *adj.* Trom, sàrachail.
- ONION, *s.* Uinnean.
- ONLY, *adv.* A mhàin.
- ONSET, *s.* Ionnsaidh, ruathar.
- ONTOLOGY, *s.* Eòlas-hhithean.
- ONWARD, *adv.* Air aghart, air aghaidh.
- ONIX, *s.* Clach-onics, seud shoilleir.
- OOZE, *s.* Dràih, làthach; sìleadh.
- OOZE, *v. n.* Snith, sìl, drùidh.
- OOZY, *adj.* Dràiheach, sìlteach.
- OPACITY, *s.* Duirche, doilleireachd.
- OPACOUS, OPAQUE, *adj.* Dorcha.
- OPAL, *s.* Seud àraidh, clach-uasal.
- OPEN, *v.* Fosgail; mìnich; tòisich.
- OPEN, *adj.* Fosgailte; soilleir, follaiseach; fosgarra, réidh, saor.
- OPENEYED, *adj.* Furachail, leirsinn-each.
- OPENHANDED, *adj.* Toirbheartach; fàllaidh, fiùghantach.
- OPENHEARTED, *adj.* Saor-chridheach.
- OPENHEARTEDNESS, *s.* Fiùghalachd.
- OPENINO, *s.* Fosgladh; healach.
- OPENLY, *adv.* Gu fosgailt.
- OPENMOUTHED, *adj.* Beul-fhosgailte, beul-fharsuinn, geòcach; gleadh-rach.
- OPENNESS, *s.* Fosgailteachd, soilleireachd, soillseachd; follaiseachd.
- OPERA, *s.* Ceòl-chluich, cluich-ciùil.
- OPERATE, *v. n.* Gnìomhaich, oibrich.
- OPERATION, *s.* Gnìomhachd, obair.
- OPERATIVE, *adj.* Gnìomhach.
- OPERATOR, *s.* Gnìomharrache.
- OPEROSE, *adj.* Sàrachail, draghail.
- OPERANIOUS, *adj.* Diamhaireach.
- OPHTHALMIC, *adj.* Fradharcail.
- OPHTHALMY, *s.* Galar-uann-sùl.

OPIATE, *s.* Cungaidd-chadail.
 OPINIATIVE, *adj.* Rag-bharalach.
 OPINION, *s.* Barail, beachd.
 OPIUM, *s.* Cungaidd-chadail.
 OPPONENT, *adj.* Eascairdeach.
 OPPONENT, *s.* Námhaid, eascaraid.
 OPPORTUNE, *adj.* Tráthail, ámail.
 OPPORTUNITY, *s.* Fàth, cothrom.
 OPPOSE, *v.* Cuir an aghaidh, bac, grab; dùbhlanaich; taisbean, nochd; coinnich.
 OPPOSELESS, *adj.* Do-dhùbhlanaich.
 OPPOSITE, *adj.* Fa chomhair.
 OPPOSITION, *s.* Aghaidh-ri-aghaidh, co-stri, neo-aonachd.
 OPPRESS, *v.* a. Sàraich, claoidh.
 OPPRESSION, *s.* Sàrachadh, fòirneart, cruaidh-chas, àmhghar, deuchainn, truaighe.
 OPPRESSIVE, *adj.* An-iochdmhor, cruaidh; fòirneartach; trom.
 OPPRESSOR, *s.* Fear-sàrachaidh, fear-fòirneirt, fear-foireignidh.
 OPPROBRIOUS, *adj.* Sgainnealach.
 OPPROBRIOUSNESS, *s.* Sgainnealachd.
 OPPROBRIUM, *s.* Masladh, mì-chliù.
 OPPUON, *v.* a. Cuir an aghaidh.
 OPPUONANCY, *s.* Cothachadh.
 OPTATIVE, *adj.* Iarrtach, iarrtanach.
 OPTIC, *adj.* Léirsinneach, fradharcach.
 OPTIC, *s.* Sùil; inneal-fradhaire.
 OPTICIAN, *s.* Fear-eòlais-fradhaire.
 OPTICS, *s.* Eòlas-fradhaire.
 OPTIMACY, *s.* Mòr-uaislean.
 OPTION, *s.* Roghainn, comas taghaidh.
 OPULENCE, OPULENCY, *s.* Saibhreas, beartas, pailteas, maoin, toic.
 OPULENT, *adj.* Saibhir, beartach.
 Oa, *conj.* either. No, air neo.
 ORACLE, *s.* Facal, taisbean; guth-àite; fear ro-ghlic.
 ORACULAR, ORACULOUS, *adj.* Taisheanach, briathrach, smachdail; dorcha, &c.
 ORAL, *adj.* Beul-aithriseach.
 ORANGE, *s.* Òr-ubhall, òr-mheas.
 ORATION, *s.* Òraid, deas-chainnt, duan.
 ORATOR, *s.* Fear deas-chainnteach.
 ORATORICAL, *adj.* Deas-chainnteach, ùr-labhrach, hinn-ghlòireach.
 ORATORIO, *s.* Naomh-cheòl.
 ORATORY, *s.* Deas-chainnt, ùr-labhradh, òraideachd.
 OBE, *s.* Cruinne, cuairt, cearcall, rath, roth, reull; sùil, rosg.
 OBBATE, *adj.* Gun chuid, gun chàird-ean, gun sliochd.
 OBBATION, *s.* Call-sliochda, bochdainn.
 OBBEN, *adj.* Cruinn, cuairteach.
 ORBICULAR, *adj.* Leth-chruinn.

ORBIT, *s.* Reull-chuairt, reull-shlighe.
 ORCHARD, *adj.* Ubhall-ghart, lios-mheas, gàradh-abhail.
 ORCHESTRA, ORCHESTRE, *s.* Ionad-luchd-ciùil; lobhta-ciùil.
 ORDAIN, *v.* a. Sònraich, socraich, suidhich, cuir air leth, òrduich.
 ORDEAL, *s.* Cruaidh-dheuchainn.
 ORDER, *s.* Òrdugh, suidheachadh, dòigh; riaghailt, àinte; ceannsal.
 OADER, *v.* a. Òrduich, ceartaich, riaghailt; cuir an òrdugh, suidhich, socraich; àint.
 ORDERLESS, *adj.* Mi-riaghailteach.
 ORDERLY, *adj.* Riaghailteach, dòigheil.
 ORDINABLE, *adj.* So-shònrachadh.
 ORDINAL, *adj.* Riaghailteach.
 ORDINAL, *s.* Leabhar riaghailtean.
 ORDINANCE, *s.* Reachd, riaghailt, lagh.
 ORDINARY, *adj.* Riaghailteach, dòigheil, suidhichte; gnàthaichte; cum-anta, ìosal, suarach; neo-àluinn.
 ORDINARY, *s.* Cléir-bhreitheamh; seòl-suidhichte; gnà-dhreuchd.
 ORDINATE, *v.* a. Sònraich, suidhich.
 ORDINATION, *s.* Suidheachadh.
 ORDINATIVE, *adj.* Ùghdarrach.
 ORDINANCE, *s.* Gunnachan mòra.
 ORDURE, *s.* Gaorr, inneir, buachar.
 OBE, *s.* Mèinn miotailte.
 ORGAL, *s.* Druaip fiona.
 ORGAN, *s.* Ball; òraghan.
 ORGANIC, ORGANICAL, *adj.* Innealach.
 ORGANISM, *s.* Ball-shuidheachadh.
 ORGANIST, *s.* Òraghanaiche.
 ORGANIZATION, *s.* Cruth-shuidheachadh, dealbhadh.
 ORGANIZE, *v.* a. Cruth-shuidhich.
 ORGASM, *s.* Fraoch-feirge, déine.
 ORGIES, *s.* Misg, ruidhtearachd.
 ORIENT, *adj.* Camhanach, soills-bhris-teach, loinnireach, deàrsach, ear.
 ORIENT, *s.* An ear, an aird' an ear.
 ORIENTAL, *adj.* Earach, searach, soir.
 ORIFICE, *s.* Beul, fosgladh, toll.
 ORIGIN, *s.* Tùs, toiseach, bun, cend-aobhar, màthair-aobhar; sinnsearrachd.
 ORIGINAL, *adj.* Prìomh, tùsail.
 ORIGINALITY, *s.* Tùsalachd.
 ORIGINARY, *adj.* Tàrnachail, tùsail.
 ORIGINATE, *v.* a. Tàrnaich, tòisich; gin, thoir gu bith.
 ORISON, ORAISON, *s.* Ùrnaigh.
 ORNAMENT, *s.* Ball-maise, ball.
 ORNAMENT, *v.* a. Ball-mhaisich, maisich, sgeudaich.
 ORNAMENTAL, *adj.* Ball-mhaiseach.
 ORNATE, *adj.* Grinn, breagha.

- ORNITHOLOGY, *s.* Eun-eòlas.
 ORPHAN, *s.* Dilleachdan.
 ORPIMENT, *s.* Seòrsa mèinn.
 ORPINE, *s.* Lùs-nan-laogh.
 ORTHODOX, *adj.* Ceart-chreideach.
 ORTHODOXY, *s.* Fallaineachd-teagaisg.
 ORTHOEPEY, *s.* Ponc-labhairt.
 ORTHOGRAPHER, *s.* Ceart-sgrìobhair.
 ORTHOGRAPHICAL, *adj.* Ceart-sgrìobte.
 ORTHOGRAPHY, *s.* Ceart-sgrìobhadh.
 ORTHOLOGY, *s.* Ceart-chunntas.
 ORTS, *s.* Fuigheall, farstus, sprùilleach.
 OSCILLATION, *s.* Luasgan, udal.
 OSCILLATORY, *adj.* Luasganach.
 OSCITANCY, OSCITATION, *s.* Meunan-
 aich.
 OSCITANT, *adj.* Meunanach, trom-
 cheannach.
 OSIER, *s.* Craobh sheilich.
 OSPRAY, *s.* An iolair-uisge.
 OSSICLE, *s.* Meanbh-chnaimh.
 OSSIFICATION, *s.* Cnàimheachadh.
 OSSIFRAGE, *s.* Seors' iolaire.
 OSSIFY, *v. a.* Dean 'na chnàimh.
 OST, OUST, *s.* Dabhach-thìridh.
 OSTENSIBLE, *adj.* So-nochdadh.
 OSTENSIVE, *adj.* Taisbeanach.
 OSTENT, *s.* Coltas, tuar, dreach, aogas.
 OSTENTATION, *s.* Faoin-ghlòir, uail.
 OSTENTATIOUS, *adj.* Faoin-ghlòireach.
 OSTENTATIOUSNESS, *s.* Faoin-uail.
 OSTLER, *s.* Gille-stàbail.
 OSTRICH, *s.* Sruth, sruth-chàmhal.
 OTHER, *pron.* Eile.
 OTHERWISE, *adv.* Air mhodh eile, no.
 OTTER, *s.* Dòran, biast-dubh.
 OUGHT, or AUGHT, *s.* Ni, ni-eigin dad,
 rud, ni sam bith.
 OUGHT, *v. imp.* Is còir, is cubhaidh.
 OUNCE, *s.* Ùnsa.
 OUR, *pron. poss.* Ar.
 OURSELVES, *pron. recip.* Sinn-féin.
 OUSEL, *s.* Lon, fiagh mòr.
 OUST, *v. a.* Falmhaich; tilg a mach.
 OUT, *adv.* A muigh, a mach; o'n taigh;
 ann am mearachd; an ioma-chomh-
 airle; às, air falbh.
 OUT ! *interj.* Gabh a mach ! a mach !
 OUTBRAVE, *v. a.* Cuir fo gheilt.
 OUTBREAK, *s.* Briseadh a mach.
 OUTCAST, *s.* Diobarach, fògarrach.
 OUTCRAFT, *v. a.* Cuir a mach le seòl-
 tachd.
 OUTCRY, *s.* Gaoir, gàir, iolach.
 OUTDARE, *v. a.* Cuir a mach le dòn-
 adas.
 OUTDO, *v. a.* Buadhaich, fairtlich air.
 OUTER, *adj.* A muigh, a mach.
 OUTERMOST, *adj.* A's fhaide 'mach.
 OUTFACE, *v. a.* Nàraich, cuir a mach.
- OUTGROW, *v. a.* Fàs thairis, fàs.
 OUTGUARD, *s.* Freiceadan-iomail.
 OUTNAVE, *v. a.* Meall am mealltair.
 OUTLANDISH, *adj.* Alabharra.
 OUTLAST, *v. a.* Mair ni 's fhaide na.
 OUTLAW, *s.* Fear-cùirn, fògarrach,
 ceathairneach-coille, coilltear.
 OUTLAW, *v. a.* Cuir air choilltearachd.
 OUTLAWRY, *s.* Binn-fhògraidh.
 OUTLINE, *s.* Dealbh; crìoch, iomall.
 OUTLIVE, *v. a.* Fan beò ni's fhaide na.
 OUTLOOK, *s.* Faicill, faire, aire.
 OUTMOST, *adj.* Iomallach.
 OUTRAGE, *s.* Sàbaid, eucoir, ainneart.
 OUTRAGE, *v.* Càin, màb, maslaich,
 dean aimhleas, dean caonnag.
 OUTRAGEOUS, *adj.* Cuthachail, fiadh-
 aich; sàbaideach, aimhleasach, ainne-
 eartach; ana-measarra, mallaichte;
 ro-aingidh.
 OUTRAGEOUSNESS, *s.* Cuthach, fearg.
 OUTRIGHT, *adv.* Gu buileach, gu h-
 iomlan, gu tùr; gu h-ealamh, gu
 dàil.
 OUTRUN, *v. a.* Ruith seachad air.
 OUTSCORN, *v. a.* Dean dimeas air.
 OUTSELL, *v. a.* Reic ni's daoire.
 OUTSHINE, *v. a.* Deàrs a mach.
 OUTSHOOT, *v. a.* Tilg seachad air.
 OUTSIDE, *s.* An taobh a muigh.
 OUTSKIRT, *s.* Oir-iomall, iomall.
 OUTSPREAD, *v. a.* Sgaoil a mach.
 OUTSTRIP, *v. a.* Fàg air deireadh.
 OUTVIE, *v. a.* Faigh barrachd.
 OUTWARD, *adj.* Air an taobh muigh;
 faicsinneach; corporra; cèin.
 OUTWARD, *adv.* Gu tìr chéin.
 OUTWARDLY, *adv.* Do réir coltais o'n
 taobh a mach.
 OUTWARDS, *adv.* A chum an taobh a
 mach, an leth a muigh.
 OUTWIT, *v. a.* Meall, thoir an car á.
 OUTWORK, *s.* Balla muigh-daingnich.
 OVAL, *adj.* Air chumadh uibhe.
 OVARIOUS, *adj.* Ubhach, uibheach.
 OVARY, *s.* Machlag, uibheagan.
 OVATION, *s.* Mion-chaitream.
 OVEN, *s.* Àmhuinn.
 OVER, *prep. and adv.* Os-ceann; thar;
 thairis; tarsainn, air a tharsainn
 null; thall, a' nall; seachad, seach;
 a rithist; tuilleadh agus, a bharrachd,
 a bharr air, os-barr.
 OVERACT, *v. a.* Dean tuilleadh 's a'
 chòir, rach thar a' chòir.
 OVERANXIOUS, *adj.* Ro-chùramach.
 OVERARCH, *v. a.* Drochaitich.
 OVERAWE, *v. a.* Sgàthaich, eagalaich.
 OVERBALANCE, *v. a.* Taobh-thromaich.
 OVERBALANCE, *s.* Taobh-chuidhtroni.

OVERBEAR, *v. a.* Cùm fo smachd.
 OVERRID, *v. a.* Tairg barrachd.
 OVERBOARD, *adv.* A mach thar stoc.
 OVERBOIL, *v. a.* Mill le bruich.
 OVERRIDEN, *v. a.* An-luchdaich.
 OVERBUY, *v. a.* Ceannaich ro dhaor.
 OVERCAST, *v. a.* Dorchaich, neulaich.
 OVERCHARGE, *v. a.* Iarr tuilleadh 'sa' cbòir; dean tuilleadh 's làn.
 OVERCLOUD, *v. a.* Neulaich; dubhar-
 aich, gruamaich.
 OVERCOME, *v. a.* Buadhaich, ceann-
 saich, faigh buaidh.
 OVERDO, *v. a.* Dean tuilleadh 's a'
 chòir.
 OVERDRIVE, *v. a.* Iomain ro luath.
 OVEREAGER, *adj.* Ro-dhian, ro-bhras.
 OVERFLOW, *v.* Cuir thairis, sruth
 thairis, lion thairis.
 OVERFLOWING, *s.* Ro-làn; cur thairis.
 OVERFORWARDNESS, *s.* Ro-dhéine.
 OVERGROW, *v. a.* Fàs ro-mhòr.
 OVERGROWTH, *s.* Ro-fhàs, ro-chinneas.
 OVERHALE, *v. a.* Ath-sgrùd.
 OVERHEAD, *adv.* Gu h-àrd; os ceann.
 OVERHEAR, *v.* Dean farchluais.
 OVERJOY, *v. a.* Dean ùr-ghàirdeachas.
 OVERJOY, *s.* Ùr-ghàirdeachas.
 OVERLAY, *v. a.* Mùch; còmhdaich
 thairis.
 OVERLOAD, *v. a.* An-luchdaich.
 OVERLOOK, *v. a.* Amhaire sìos air;
 dean dìmeas air; seall thairis air.
 OVERMATCH, *v. a.* Fairtlich air.
 OVERMUCH, *adj.* Tuille 's a chòir.
 OVERPAY, *v. a.* Diòl tuille 's a chòir.
 OVERPLUS, *s.* Barrachd, an còrr.
 OVERPOWER, *v. a.* Faigh làmh-an-
 uachdar, ceannaich.
 OVERPRIZE, *v. a.* Meas thar a luach.
 OVERREACH, *v. a.* Faigh os ceann,
 meall, thoir an car.
 OVERRULE, *v. a.* Cùm fo smachd;
 cuir fo smachd, diùlt.
 OVERRUN, *v. a.* Sàraich, mill, claidh,
 spùinn; rach thairis air; ioma-sgaoil,
 sgaoil thairis; cuir thairis, ruith
 thairis.
 OVERSEE, *v. a.* Amhaire thairis.
 OVERSEER, *s.* Fear-còimhid.
 OVERSET, *v. a.* Tilg bun os ceann.
 OVERSHADE, *v. a.* Dùibhric, neul-
 aich, sgàilich.
 OVERSHADOW, *v. a.* Cuir sgàil air.
 OVERSIGHT, *s.* Coimhead, mearachd.
 OVERSOON, *adv.* Mò 's luath.
 OVERSPENT, *adj.* Sàraichte, claidhte.
 OVERSPREAD, *v. a.* Sgaoil thairis.
 OVERSTOCK, *v. a.* Dòmhlach, an-lion.
 OVERSTRAIN, *v.* Thoir dian-ionnsaidh.

OVERT, *adj.* Fosgailte, soilleir.
 OVERTAKE, *v. a.* Beir, glac', thig suas.
 OVERTHROW, *v. a.* Tilg bun os ceann;
 ceannaich; mill, sgrios, cuir às da.
 OVERTHROW, *adj.* Mu choinneamh,
 mu chomhair, tarsainn, trasd.
 OVERTIRE, *v. a.* Dù-sgithich, sàraich.
 OVERTOP, *v. a.* Éirich os ceann.
 OVERTURE, *s.* Fosgladh; foillseach-
 adh, soillseachadh.
 OVERTURN, *v. a.* Tilg sìos, mill, sgrios.
 OVERVALUE, *v. a.* Meas thar a luach.
 OVERWEEN, *v. n.* Bi féin-bheachdail.
 OVERWHELM, *v. a.* Mùch, brùth.
 OVERWORK, *v. a.* Sgithich le obair.
 OVERWORN, *part.* Air caitheamh às.
 OVERWROUGHT, *part.* Claidhte le
 obair, sàraichte.
 OVIFORM, *adj.* Cruinn mar ubh.
 OVIPAROUS, *adj.* Ubh-bheirteach.
 OWE, *v. a.* Bi fo fachaibh do.
 OWL, OWLET, *s.* A chomhachag,
 a' chailleach-oidheche.
 OWN, *pron.* Féin; mo chuid féin.
 OWN, *v. a.* Gabh ri, gabh le; aidich.
 OWNER, *s.* Sealbhadair, fear-seilbhe.
 OWNERSHIP, *s.* Sealbh, maoin, còir.
 OX, *s.* Damh; *plr.* OXEN. Daimh.
 OXEYE, *s.* Am bréinean-brothach.
 OXGANG, *s.* Damh-imir, tomhas
 fearainn fhichead acair.
 OXLIP, *s.* Bròg-na-cuthaig.
 OXTONGUE, *s.* Am bog-lùs.
 OXYCRATE, *s.* Fion-guér agus uisge.
 OXYMEAL, *s.* Fion-geur agus mil.
 O YES! *interj.* Eisdibh! thugaibh!
 aire! thugaibh fairear!
 OYSTER, *s.* Eisir, eisear.

P

P, *s.* Sèathamh litir deug na
 h-aibidil.
 PARULAR, PABULOUS, *adj.* Biadhar,
 iunlinneach, feurach, ionaltrach.
 PACATED, *adj.* Siochail, sìtheil.
 PACE, *s.* Ceum, gàmag; imeachd,
 gluasad; tomhas chùig troidhean.
 PACE, *v.* Ceimnich, gluais; tomhais
 le gàmagan.
 PACER, *s.* Ceumaiche, falaire.
 PACIFIC, *adj.* Sìothchail, ciùin, sèimh.
 PACIFICATION, *s.* Sìtheachadh.
 PACIFICATOR, *s.* Fear deanamh sìthe.
 PACIFICATORY, *adj.* Sìth-dhèanadach.

- PACIFIER, s.** Fear-ciùineachaidh.
PACIFY, v. a. Sìthich, ciùinich.
PACK, s. Eallach, uallach, cuallach, trusachan; sac, luchd; lothainn chon; droch comunn, gràisg.
PACK, v. Trus, ceangail suas, paisg.
PACKER, s. Fear-trusaidh, fear-ceangail, fear-pacaidh.
PACKET, s. Ceanglachan, sac, sacan; long-aisig, bàt-aisig.
PACKHORSE, s. Each saic.
PACKSADDLE, s. Srathair.
PACKTHREAD, s. Sgeinnidh.
PACT, PACTION, s. Cùmhnant.
PAD, v. n. Coisich gu fòill; dean reubainn rathaid mhòir.
PADAR, s. Garbhan, garbh-mhin.
PADDLE, v. a. Iomair, luidrich.
PADDLE, s. Ràmh beag; pleadhan.
PADDOCK, s. Mial-mhàg, cràigean.
PADLOCK, s. Glas-chrochaidh.
PÆAN, s. Dàn-buaidh-chaitream.
PAGAN, s. Pàganach, ana-criosaidh.
PAGANISM, s. Pàganachd.
PAGE, s. Taobh-duilleig; gille-freasdail, gille-bùirde.
PAGEANT, s. Greadhnachas.
PAGEANT, adj. Greadhnach, faicheil.
PAGEENTRY, s. Greadhnachd, faichealachd, mòralachd.
PAGNIAL, adj. Duilleagach.
PAID, pret. and part. pass. of to pay. Pàighte, diolte.
PAIL, s. Cuinneag, cuman, miodar.
PAIN, s. Cràdh, pian; péin, goimh, guin, dòrainn.
PAIN, v. a. Cràidh, pian, claoidh.
PAINFUL, adj. Cràiteach, piantach.
PAINFULNESS, s. Àmhghar, cràdh.
PAINIM, s. As-creideach.
PAINLESS, adj. Neo-chraiteach.
PAINSTAKER, s. Fear-saoithreachail.
PAINSTAKING, adj. Saoithreachail.
PAINT, v. a. Dreach-dhath, dealbh.
PAINT, s. Dreach-dhath, lì.
PAINTER, s. Fear-dreach-dhathaidh.
PAINTING, s. Dreach-dhathadh; dealbh.
PAIR, s. Càraid; làn; dithis.
PAIR, v. a. Càraidich, aonaich.
PALACE, s. Lùchairt, mùr-rioghail.
PALATABLE, adj. Blasda, milis.
PALATE, s. Bràighe-beòil.
PALATINE, adj. Rìoghail.
PALE, adj. Bàn, glaisneulach.
PALE, v. a. Dean bàn; ioma-dhruid.
PALE, s. Cliath-mhaide, buaile; lann, post; dùthaich, cearn.
PALFFACED, adj. Glas-ghnùiseach.
PALENDER, s. Long-chòrsaicheachd.
PALENESS, s. Glaisneulachd, bànachd.
PALEOUS, s. Mogunnach, cathach, rùsgach, salach.
PALFREY, s. Each-marcachd baiutighearna.
PALIAMMENT, s. Falluinn, trusgan.
PALING, s. Cliath-dhìdinn, a'raigìn.
PALISADE, PALISADO, s. Callaid, banniom-dhruididh.
PALISADE, v. a. Druid le callaid, cuir callaid mu thimchioll.
PALISH, adj. Glasdaidh, bànaidh.
PALL, s. Brat-mairbh; falluinn àird-easbuig.
PALL, v. Fàs mi-bhlasda, dean mi-bhlasda; lagaich; sàsaich, fàs lag.
PALLET, s. Sèid, leabaidh-làir.
PALLIATE, v. a. Falluinnich, còmhdaich; gabh leisgeul, thoir leisgeul, lughdaich coire no cionta; lasaich.
PALLIATION, s. Leisgeulachadh, lughdachadh coire no cionta; faothachadh, fuasgladh, lasachadh.
PALLIATIVE, adj. Leisgeulach, lughdachail; lasachail, fuasglach.
PALLID, adj. Bàn, glasdaidh.
PALLMALL, s. Seòrsa cluiche.
PALM, s. Craobh-phailm; buaidh; bois, bàs, dèarna; tomhas trì òirlich.
PALM, v. a. Falaich 's a bhois; meall; slìob, cniadaich.
PALMPEDE, adj. Dlù-spàgach.
PALMISTER, s. Dearnadair.
PALMISTRY, s. Dearnadaireachd.
PALMY, adj. Pailineach; buadhach.
PALPABILITY, s. So-bheanallteachd.
PALPABLE, adj. So-bheanailteach.
PALPATON, s. Mothachadh.
PALPITATE, v. n. Plog, buail.
PALPITATION, s. Plogartaich.
PALSICAL, PALSIED, adj. Pairiliseach.
PALSY, s. Pairilis, crith-thinneas.
PALTRINESS, s. Fagharsachd.
PALTRY, adj. Fagharsach, suarrach.
PAM, s. Am mùnsaidh, am balach.
PAMPER, v. a. Sàthaich, sàsaich.
PAMPHLET, s. Duilleachan. Kk.
PAN, s. Aghann; falman a' ghlùin.
PANACEA, s. Uil'-ic, uil'-ioc.
PANADA, PANADO, s. Aran air a bhruich ann an uisge.
PANCAKE, s. Loireag, foilcag.
PANCREAS, s. Am brisgean-milis.
PANDEMIC, adj. Dùthchasach.
PANDER, s. Fear-striòpachais.
PANE, s. Ceàrnag ghloine; mìr.
PANEGYRIC, s. Moladh, dàn-molaidh.
PANEGYRIST, s. Bàrd-molaidh.
PANEL, s. Ceàrnag; ainm-chlàr luchd-breith.
PANG, s. Guin, goimh, cràdh, pian.

PANG, *v. a.* Gon, cràidh, pian.
 PANIC, *s.* Clisgeadh, maòim.
 PANIC, *adj.* Clisgach, grad-eagalach.
 PANNEL, *s.* Srathair, sumag, plât.
 PANNIER, *s.* Curran, cliabh.
 PANOPLY, *s.* Làn-armachd; lan-fhàs-air, làn-uidheam.
 PANT, *v. n.* Plog; miannaich, bi 'n ro gheall air.
 PANT, *s.* Plogadh, àinich.
 PANTALON, *s.* Triubhas; cleasaiche.
 PANTHEON, *s.* Teampull nan uile dhia bréige.
 PANTHER, *s.* Fiadh-bheathach ballach.
 PANTILE, PENTILE, *s.* Crom-shlige-chrè.
 PANTLER, *s.* Fear-gleidhidh arain.
 PANTOMIME, *s.* Baoth-chleasaiche.
 PANTRY, *s.* Scomar-bìdh.
 PAP, *s.* Ceann-cìche; biadh-leinibh.
 PAPA, *s.* Athair, facal cloinne.
 PAPACY, *s.* Pàpanachd.
 PAPAL, *adj.* Pàpanach.
 PAPER, *s.* Pàipeir, pàpair.
 PAPER, *v. a.* Paisg am pàipeir, pàipeirich.
 PAPER-MAKER, *s.* Fear deanamh phàipeirean.
 PAPERMILL, *s.* Muileann-pàipeir.
 PAPER-STAINER, *s.* Dathadair phàipeirean.
 PAPILLARY, PAPILOUS, *adj.* Cìochach.
 PAPIST, *s.* Pàpanach.
 PAPISTICAL, *adj.* Pàpanach.
 PAPPOUS, *adj.* Clòimheach.
 PAPPY, *adj.* Bog, sùghmhor.
 PAR, *s.* Co-ionannachd.
 PARABLE, *s.* Co-shamhla.
 PARABOLICAL, *adj.* Co-shamhlachail.
 PARACLETE, *s.* An Comhfhurtair.
 PARADE, *s.* Feachd-riaghailt; uaille.
 PARANISE, *s.* Pàrras, nèamh.
 PARANOX, *s.* Dubh-fhacal, frith-bharail.
 PARANOXICAL, *adj.* Baoth-bharail-each.
 PARAGON, *s.* Eiseamplair coimhlionta, ni no neach ro-òirdheire; còmpanach.
 PARAGRAPH, *s.* Earraun air leth.
 PARALLEL, *adj.* Co-slùnte; co-ionann.
 PARALLEL, *s.* Sgrìob-dhìreach; ionannachd; samhailt, leth-bhreas.
 PARALLEL, *v. a.* Co-shìin; coimeas, samhlaich.
 PARALLELISM, *s.* Co-shìnteachd, co-samlha.
 PARALYSIS, *s.* Pairilis.
 PARALYTIC, *adj.* Pairiliseach, crith-anach.

PARALYZE, *v. a.* Pairilisich, cuir fo lag-chrith.
 PARAMOUNT, *s.* Am prìomh, an t-àrd.
 PARAMOUR, *s.* Leannan, ban-suiridheach.
 PARAPET, *s.* Obair-àrd, uchd-bhalla.
 PARAPIERNALIA, *s.* Maoin mnà.
 PARAPHRASE, *s.* Eadar-mhìneachadh.
 PARAPHRAST, *s.* Fear-mìneachaidh.
 PARASITE, *s.* Fear-sodail, ri uaislean.
 PARASITICAL, *adj.* Sodalach, mìodalach, sgimeileireach.
 PARASOL, *s.* Grian-sgàilean.
 PARBOIL, *v. a.* Leth-bhruich, slaop.
 PARCEL, *s.* Trusachan, aslachan.
 PARCEL, *v. a.* Roinn na carrannan.
 PARCH, *v.* Tìormaich le teas, déasg.
 PARCHENNESS, *s.* Déasgachd, sgreadhadh, tiormachd.
 PARCHMENT, *s.* Craiceannsgriobhaidh.
 PARD, PARDALE, *s.* Liobard.
 PARDON, *v. a.* Math, thoir mathanas.
 PARDON, *s.* Mathanas, loghadh.
 PARDONABLE, *adj.* So-mhathadh.
 PARDONABLENESS, *s.* So-mhathachd.
 PARE, *v. a.* Sgrathaich, gèarr, bearr.
 PARENT, *s.* Pàrant, athair no màthair.
 PARENTAGE, *s.* Breith, sìnnsearachd.
 PARENTAL, *adj.* Athaireil, no màithreil.
 PARENTHESIS, *s.* Mìneachadh am meadhan sgrìobhaidh, air a chomharrachadh mar (so).
 PARENTICIDE, *s.* Mort athar, no màthar.
 PARER, *s.* Inneal-bearraidh.
 PARERGY, *s.* Ni neo-chudhtromach.
 PARHELION, *s.* Grian-bréige.
 PARIETAL, *adj.* Taobh-bhabhunnach.
 PARING, *s.* Rusg, sliseag, sgrath.
 PARISH, *s.* Sgìreachd, sgìre.
 PARISHIONER, *s.* Fear-sgìreachd.
 PARISYLLABICAL, *adj.* Coilideach.
 PARITY, *s.* Co-ionannachd.
 PARK, *s.* Pàirce, frith, lann.
 PARLEY, PARLE, *s.* Còmhradh.
 PARLEY, *v. n.* Dean gnothach le còmlradh beòil.
 PARLIAMENT, *s.* Pàrlamaid, àrd-chomhairle rìgh.
 PARLIAMENTARY, *adj.* Pàrlamaideach.
 PARLOUR, *s.* Seòmair-suidhe.
 PARLOUS, *adj.* Geur, beòthail, peasanach.
 PAROCHIAL, *adj.* Sgìreachdail.
 PARONY, *s.* Atharrais dàin.
 PAROLE, *s.* Gealltannas, beòil.
 PAROXYSM, *s.* Ath-philleadh, tinnis, &c.
 PARRICIDAL, *adj.* Athair-mhortach.

- PARRICIDE, *s.* Mortair athar.
 PARROT, *s.* Parraid.
 PARRY, *v. n.* Seachainn, cuir seachad, dean grad-charachd.
 PARSIMONIOUS, *adj.* Gléidhteach, spiocach, cruaidh, gann.
 PARSIMONY, *s.* Spiocaireachd.
 PARSLEY, *s.* Fionnas-gàraidh.
 PARSNIP, PARSNEP, *s.* An curran-geal.
 PARSON, *s.* Pears-eaglais, ministear.
 PARSONAGE, *s.* Beathachadh-eaglais.
 PART, *s.* Cuid, earrann, roinn, cuibhrionn; gnotlach, ohair.
 PART, *v. a.* Roinn; sgar; eadar-dhealaich; dealaich; gabh cead o; thoir seachad.
 PARTAKE, *v.* Compàirtich, roinn ri.
 PARTAKER, *s.* Compàirtiche.
 PARTIAL, *adj.* Claon-bhretheach, leth-bhretheach; bàigheil ri, aon taobh.
 PARTIALITY, *s.* Claon-bhretheachd.
 PARTIALIZE, *v. a.* Dean claon-bhretheach.
 PARTICIPABLE, *adj.* So-phàirteachadh.
 PARTICIPANT, *adj.* Co-roinnteach.
 PARTICIPATE, *v.* Compàirtich.
 PARTICIPATION, *s.* Co-roinn, compàirt.
 PARTICLE, *s.* Dad, mion-fhacal.
 PARTICULAR, *adj.* Àraidh, sònraichte; poncail; còrr.
 PARTICULAR, *s.* Ni-àraidh, neach-sònraichte, ponc.
 PARTICULARITY, *s.* Àraidheachd.
 PARTICULARIZE, *v. a.* Sònraich.
 PARTING, *s.* Dealachadh, stiubhal.
 PARTISAN, *s.* Fear-leanmhainn; sleagh.
 PARTITION, *v. a.* Roinn; eadar-sgar.
 PARTITION, *s.* Roinn, cailbhe.
 PARTLET, *s.* Cearc, stim.
 PARTLY, *adv.* Ann an cuid.
 PARTNER, *s.* Còmpanach, fear-pàirt.
 PARTNERSHIP, *s.* Còmpanas, co-roinn.
 PARTOOK, *pret. of to partake.* Chompairtich.
 PARTRIDGE, *s.* Cearc-thomain.
 PARTS, *s.* Buadhan nàdurach, buadhan-inntinn, ceudfathan; earrannan-dùthcha; pàirtean. *R.D.*
 PARTURITION, *s.* Breith, aiscad.
 PARTY, *s.* Dream, cuideachd, buidheann; bannal; neach-air-leth; freiceadan.
 PARTY-COLOURED, *adj.* Ioma-dhathach.
 PARTY-MAN, *s.* Fear-aon taoibh.
 PARVITUDE, PARVITY, *s.* Mionaid-eachd; eagarachd, pungalachd.
 PASCHAL, *adj.* Càisgeach, càisgeil.
 PASS, *v.* Rach thairis, gabh seachad, rach thar; rach troimh; buadhaich; dearmaid, dì-chuimhnich; leig le, òrduich; leig seachad, math; thoir binn a mach.
 PASS, *s.* Glac, bealach, slighe, rathad; cead siuhhail; cor, inbhe.
 PASSABLE, *adj.* So-imeachd; an eatarais, cuibheasach.
 PASSADE, PASSADO, *s.* Uspag.
 PASSAGE, *s.* Turas, aisir; slighe; trannsa; earrann, ceann.
 PASSENGER, *s.* Fear-turais, fear-aisig.
 PASSIBLE, *adj.* So-athailteachadh.
 PASSING, *part. adj.* Anabarrach.
 PASSING-RELL, *s.* Clag-bàis.
 PASSION, *s.* Boile; fearg, corraich, buaireas; déigh, miann, gràdh; fulangas Chrìosd.
 PASSION-WEEK, *s.* Seachdain-na ceusda.
 PASSIONATE, *adj.* Cas, crosda, feargach, lasanta, grad.
 PASSIONATENESS, *s.* Lasantachd, caise.
 PASSIVE, *adj.* Fulangaeh, ciùin.
 PASSIVENESS, PASSIVITY, *s.* Fulangachd, foighidneachd, ciùineachd.
 PASSOVER, *s.* A chàisg; an t-uan càisge.
 PASSPORT, *s.* Litir-cead-siubhail.
 PAST, *part.* Seachad, a thréig.
 PAST, *s.* An ùine a chaidh, an t-àm a dh' fhalbh, an linn a thréig.
 PASTE, *s.* Glaodh fùir.
 PASTEBBOARD, *s.* Paipair-glaodhte.
 PASTER, *s.* Rùdan eich, glùn eich.
 PASTIME, *s.* Fearas-chuideachd.
 PASTOR, *s.* Aodhair, pears'-eaglais.
 PASTORAL, *adj.* Aodharachail.
 PASTORAL, *s.* Òran-dùthcha.
 PASTORSHIP, *s.* Aodharachd.
 PASTRY, *s.* Biadh fuinte, pitheannan.
 PASTURABLE, *adj.* So-ionaltradh.
 PASTURAGE, *s.* Feurach, ionaltradh.
 PASTURE, *s.* Ionaltradh, feurachas.
 PASTURE, *v.* Ionaltair, feuraich.
 PASTY, *s.* Pithean.
 PAT, *adj.* Iomchuidh, freagarrach.
 PAT, *s.* Coilleag; boiseag.
 PAT, *v. a.* Sliob, buail aotrom.
 PATCH, *s.* Breaban, bréid, tùthag.
 PATCH, *v. a.* Clùd, càirich, tùthag-aich, bréideich, cnòdaich.
 PATCHER, *s.* Clùdaire, cnòdaire.
 PATE, *s.* Claigeann, ceann.
 PATENT, *adj.* Fosgailte, follaiseach.
 PATENT, *s.* Sgrìobhadh còrach o'n rìgh.
 PATENTEE, *s.* Fear-còrach.
 PATERNAL, *adj.* Athaireil.
 PATERNITY, *s.* Athaireachd.
 PATERNOSTER, *s.* A' phaidir.

- PATH, PATHWAY, s.** Ceum, slighe, rathad, aisridh, cas-cheum.
PATHETIC, PATHETICAL, adj. Drùigh-teach, tiamhaidh, cianail.
PATHLESS, adj. Gun rathad, gun slighe.
PATHOLOGY, s. Eòlas-ghalar.
PATHOS, s. Déine, diad-labhairt, drùighteachd.
PATHWAY, s. Frith-rathad.
PATIENCE, s. Foighidinn, fulangas.
PATIENT, adj. Foighidneach, fulangach, foisdeach.
PATIENT, s. Neach tinn, euslan.
PATLY, adv. Gu freagarrach, iom-chuidh.
PATRIARCH, s. Prìomh-athair.
PATRIARCHAL, adj. Prìomh athaireil.
PATRICIAN, adj. Uasal, àrd, flathail.
PATRICIAN, s. Àrd-uasal, àrd-fhlath.
PATRIMONIAL, adj. Dligheach, sinns-earrach, dualach.
PATRIMONY, s. Oighreachd-sinns-earachd, dualachas.
PATRIOT, s. Fear-gràidh d'a dbùth-aich, tir-ghràdhaiche.
PATRIOTISM, s. Gràdh dùthcha.
PATROL, s. Freiceadan sràide.
PATRON, s. Fear comaraidh, fear-taic.
PATRONAGE, s. Comaradh, dìon, taic.
PATRONESS, s. Ban-chomaraidh.
PATRONISE, v. a. Dìod, cùm suas, seas, thoir comaradh.
PATRONYMICK, s. Ainm sinnsearachd.
PATTEN, s. Bròg fhiodha agus iaruin.
PATTER, v. a. Dhan stairirich.
PATTERN, s. Ball-sampull; cumadh.
PAUCITY, s. Ainneamhachd, gairne.
PAUNCH, s. Brù, mionach, maodal.
PAUPER, s. Diol-déirce, bochd.
PAUPERISM, s. Déirceachd.
PAUSE, s. Stad, anail, grabadh, tosd.
PAUSE, v. n. Fuirich, smuinich, thoir fainear; stad, clos; bi aig fois.
PAVE, v. a. Ùrlaraich, leag ùrlar.
PAVEMENT, s. Ùrlar-cloiche, càbhsair.
PAVER, PAVIUR, s. Càbhsairiche.
PAVILION, s. Pàilliu, bùth.
PAW, s. Spòg, spàg, màg, cràg, cròg.
PAW, v. a. Crògairich, bùraich, sgrìob, cladhaich ad talamh mar tharbh; buail leis a chois toisich; dean miodal.
PAWN, v. a. Thoir an geall.
PAWNBROKER, s. Malairtear-gill.
PAY, v. a. Diol, pàidh, òc.
PAY, s. Tuarasdal, huach-saothreach.
PAYABLE, adj. Ri dhìoladh.
PAYMENT, s. Dìoladh, pàidheadh.
PEA, s. Peasair, gràinde peasarach.
- PEACE, s.** Sìth; sìothchaint; fois, tamh, réite, socair-iuntinn.
PEACE! interj. Tosd! clos!
PEACE-OFFERING, s. Sìth-thabhartas.
PEACEABLE, adj. Soithcamh, sìoth-chail; foistinneach; sàmhach.
PEACEABLENESS, s. Sìthealachd.
PEACEFUL, adj. Sìochail, ciùin.
PEACEFULNESS, s. Sìochainnt.
PEACEMAKER, s. Fear-sitheachaidh.
PEACHICK, s. Isean na peucaig.
PEACOCK, s. Coileach-peucag.
PEADEN, s. Peucag, eucag, feucag.
PEAK, s. Stùc, scòrr, binnein, bàrr.
PEAL, s. Stàiririch, toirm, torran.
PEAR, s. Peur, meas ioma-ghnè.
PEARL, s. Neamhnad; leus-sùl.
PEARLY, adj. Neamhnadach.
PEASANT, s. Fear dubh-chosnaidh.
PEASANTRY, s. Tuath-cheatbarn.
PEASECOD, s. Balg peasrach.
PEAT, s. Mòine; fàd mhòine.
PERBLE, PEBBLESTONE, s. Éideag.
PEBBLY, adj. Éideagach.
PECCARIETY, s. Buailteachd do'n pheacadh.
PECCADILLO, s. Meanhh-chorc.
PECCANCY, s. Droch-mhèinn.
PECCANT, adj. Ciontach, peacach; droch-mhèinneach, aingidh.
PECCAVI, pret. v. Pheacaich mi.
PECK, s. Peic, ceithreamh.
PECK, v. a. Pìoc, gobhaich; spìol.
PECTORAL, adj. Uchdail, broileachail.
PECTORAL, s. Uchd-éideadh.
PECULATION, s. Mèirle, goid.
PECULATE, v. n. Dean gadaidheachd.
PECULIAR, s. Àraidh, sònraichte.
PECULIARITY, s. Buaidh-air-leth.
PECUNIARY, adj. Airgeadach.
PEDAGOGUE, s. Beadagan sgoileir.
PEDAL, adj. Casach, luirgneach.
PEDANT; s. Beadagan fòghluim.
PEDANTIC, adj. Uailleil á beagan-fòghluim.
PEDANTRY, PEDANTICNESS, s. Moit ionnsachaidh.
PEDESTAL, s. Bun-carraigh.
PEDESTRIAL, PEDESTRIOUS, adj. Air chois, a' coisachd.
PEDESTRIAN, s. Coisiche.
PEDICLE, s. Cuisic, lurga duilleig.
PEDICULAR, PEDICULOUS, adj. Mialach.
PEDIGREE, s. Sinnsearachd.
PEDLER, s. Ceannaiche-màileid.
PEDLERY, s. Frith-cheannachd.
PEDLING, s. Frith-cheannach.
PEDOBAPTISM, s. Naoidh-bhaisteadh.
PEDOBAPTIST, s. Naoidh-bhaistiche.

- PENDUNCLE, *s.* An lurga ta ceangal a' mheas ris a' chraoibh.
- PEEL, *v. a.* Rùisg, plaoisg, creach.
- PEEL, *s.* Rùsg, plaosg; greidilein.
- PEEP, *v. n.* Thoir caog-shealladh, amhaire troi' tholl, gabh sealladh bradach, dean dideagaibh.
- PEEP, *s.* Grad shealladh; caogadh, sealladh bradach, dideag.
- PEEB, *s.* Flath, morair, còmpanach.
- PEERAGE, PEERDOM, *s.* Flathachd, moraireachd.
- PEERESS, *s.* Bana-mhorair.
- PEERLESS, *adj.* Gun choimeas.
- PEERLESSNESS, *s.* Neo-choimeasachd.
- PEEVISH, *adj.* Dreamach, dranndanach, frionasach, cas, corrach, feargach, crosda.
- PEEVISHNESS, *s.* Dranndanachd, caise.
- PEO, *s.* Cnag, stéill, ealachag.
- PELF, *s.* Maoin, saibhreas, beartas.
- PELICAN, *s.* Pelican, eun mòr fàsaich.
- PELLET, *s.* Peileir, ruagair.
- PELLICLE, *s.* Sgrath, sgannan.
- PELLITORY, *s.* Lùs-a'-bhalla.
- PELLMELL, *adv.* Troi' chéile.
- PELLUCID, *adj.* Trid-shoillear, soilleir.
- PELT, *s.* Peleid, craiccan, bian, seiche; buille, cnap, sgaille.
- PELT, *v. a.* Tilg air, buail, caith air.
- PELTING, *part.* Tilgeadh chlach, &c.
- PELTMONGER, *s.* Ceannaiche-chraic-eann, boiceannaich.
- PEN, *s.* Peann, crò, buaile, fang.
- PENAL, *adj.* Peanasach, dìoghaltach.
- PENALITY, *s.* Buaillteachd do pheanas.
- PENALTY, *s.* Peanas, pian, ùbhladh.
- PENANCE, *s.* Aithridh. *Md.*
- PENCE, *s. pl. of penny.* Sgillinn.
- PENCIL, *s.* Peann-luaidhe.
- PENDANT, *s.* Fàinne-chlaise; grinneas crochte; bratach-bheag.
- PENDENCY, *s.* Dàil, teagamh.
- PENDENT, *adj.* An crocbadh; thairis air.
- PENDING, *adj.* An crochadh, a' teagamhach.
- PENDULOUS, *adj.* An crochadh, crochte.
- PENDULUM, *s.* Cudthrom-siùdain.
- PENETRABLE, *adj.* So-dhrùigheadh.
- PENETRANT, *adj.* Drùighteach, geur.
- PENETRATE, *v.* Drùigh; toll; faigh troimhe, breathnaich.
- PENETRATION, *s.* Tolladh, deargadh, drùigheadh; breithneachadh; geur-tbuigse.
- PENETRATIVE, *adj.* Geur, drùighteach; geur-chuiseach.
- PENINSULA, *s.* Tairbeart, rùs.
- PENITENCE, *s.* Aithreachas.
- PENITENT, *adj.* Aithreachail.
- PENITENT, *s.* Iompachan. *S.*
- PENITENTIAL, *adj.* Aithreachail.
- PENITENTIARY, *s.* Ionad-aithreachais.
- PENKNIFE, *s.* Sgian-pheann.
- PENMAN, *s.* Ùghdar, sgrìobhair.
- PENMANSHIP, *s.* Sgrìobhaireachd.
- PENNANT, *s.* Ball-tàirne; bratach.
- PENNATED, *adj.* Sgiathach.
- PENILESS, *adj.* Gun pheighinn, ainnis.
- PENNON, *s.* Bratach.
- PENNY, *s.* Peighinn, sgillinn.
- PENNYWORTH, *s.* Luacha-peighinn.
- PENSION, *s.* Saor-dhuais bhliadhnach.
- PENSIONARY, *adj.* Saor-dhuaiseach.
- PENSIONER, *s.* Fear-saor-dhuais.
- PENSIVE, *adj.* Trom smaointeachail.
- PENSIVENESS, *s.* Tron smaointinn-eachd.
- PENT, *part. pass. of to pen.* Punnte.
- PENTACAPSULAR, *adj.* Cùig-chlaiscach.
- PENTACHORD, *s.* Cruit-nan-cùig-teud.
- PENTACIOUS, *adj.* Cùig-shliseach.
- PENTAGON, *s.* Cùig-cheàrnag.
- PENTANGULAR, *adj.* Cùig-chearnach.
- PENTAPETALOUS, *adj.* Cùig-dhuilleach.
- PENTATEUCH, *s.* Cùig leabhraichean Mhaots.
- PENTECOST, *s.* A' chaingeis.
- PENTECOSTAL, *adj.* Caingeiseach.
- PENTHOUSE, *s.* Taigh-sgàile.
- PENTILE, *s.* Chlach-mhullaich-chré.
- PENURIOUS, *adj.* Spiocach, crìon.
- PENURIOUSNESS, *s.* Spiocaiche, crìne.
- PENURY, *s.* Bochduinn, ainmiseachd.
- PEOPLE, *s.* Pobull, sluagh, aiteam.
- PEOPLE, *v. a.* Lìon le sluagh.
- PEPPER, *s.* Spìosraidh, peabar.
- PEPPER, *v. a.* Peabrach; slac, spuaic.
- PEPPERCORN, *s.* Smùirnein, dùradan.
- PEPPERMINT, *s.* Mionnt, meant.
- PERADVENTURE, *adv.* Theagamh.
- PERAMBULATE, *v. a.* Cuairt-innich.
- PERAMBULATION, *s.* Cuairt-imeachd.
- PERCEIVABLE, *adj.* So-fhaicsinn.
- PERCEIVE, *v. a.* Beachdaich, tuig.
- PERCEPTIBILITY, *s.* So-léirsinneachd.
- PERCEPTIBLE, *adj.* So-léirsinneach.
- PERCEPTION, *s.* Amharc, beachd; eòlas, fiosrachadh; mothachadh.
- PERCEPTIVE, *adj.* Léirsinneach, beachdach.
- PERCH, *s.* Creagag, muc-locha, tomhas chùig slat gu leth; spiris, spàrr.
- PERCH, *v.* Cuir air spiris; rach air spardan; suidh mar eun.
- PERCHANCE, *adv.* A theagamh.
- PERCIPIENT, *adj.* Geur-bheachdach.
- PERCOLATE, *v. a.* Sìolaidh.
- PERCOLATION, *s.* Sìoladh.

- PERCOLATOR, s.** Siolachan.
PERCUSS, v. a. Buail, thoir buille.
PERCUSSION, s. Bualadh, buille, farum.
PERDITION, s. Sgrios; bàs-siorruidh.
PERDU, adv. Am falach; am fagus.
PERDULOUS, adj. Caillte.
PEREGRINATE, v. n. Dean cèin-thuras.
PEREGRINATION, s. Cèin-thuras.
PEREGRINATOR, s. Taisdealach.
PEREGRINE, adj. Cèinthreach.
PEREMPTORY, adj. Smachdail, teann.
PERENNIAL, adj. A mhaireas ré bliadhna; sìor-maireannach.
PERENITY, s. Buan-mhaireannachd.
PERFECT, adj. Iomlan, foirfe, coimhlionta; làn-èòlach; neo-choireach, fìor-ghlan; cinnteach, dearbhte.
PERFECT, v. a. Dean iomlan, dean foirfe, dean coimhlionta; làn-chrìochnaich.
PERFECTION, s. Iomlanachd, foirfeachd, coimhliontachd, dìongmhaltachd.
PERFECTNESS, s. Iomlanachd, foirfeachd; làn-mhathas.
PERFIDIOUS, adj. Cuilbheartach, meallta, foilleil, sliغهach.
PERFIDIOUSNESS, s. Cuilbheartachd.
PERFORATE, v. a. Toll, toll troimh.
PERFORATION, s. Tolladh.
PERFORATOR, s. Sniomhaire, tora.
PERFORCE, adv. A dh' aindeoin, air éigin.
PERFORM, v. a. Coimhlon.
PERFORMANCE, s. Coimhlionadh.
PERFORMER, s. Fear-coimhlionaidh, fear-cluiche.
PERFUME, s. Boltrach, cùbhraidhach.
PERFUME, v. a. Dean cùbhraidh.
PERFUMER, s. Boltraiche, ceannaiche bholtraichean.
PERFUNCTIONARY, adj. Dearmadach, neo-chùramach; neo-choimhlionta.
PERHAPS, adv. Math a dh' fheudte.
PERICARDIUM, s. Cochull a' chridhe.
PERICRANIUM, s. Cochull na h-eanchain.
PERIL, s. Cunnart, baoghal, gàbhadh.
PERILOUS, adj. Cunnartach, gàbhadh.
PERIMETER, s. Cuairt-thomas.
PERIOD, s. Cuairt; ùine, àm, ró; crìoch, ceann, deireadh; pong.
PERIODICAL, adj. Riaghailteach, aig àmabh suidhichte.
PERIPHERY, s. Cuairt-thiughadh.
PERIPHRAIS, s. Cuairt-labhairt.
PERIPHRASTIC, adj. Cuairt-labhrach.
PERISH, v. Rach a dhìth, faigl bàs, bàsaich; rach am mugha.
PERISHABLE, adj. Bàsmhor, claidhteach, dìtheachail.
- PERJURE, v. a.** Thoir mionnan-eithich.
PERJURER, s. Fear-eithich.
PERJURY, s. Eitheach.
PERIWIG, s. Gruag-thilgte, pìorbhuic.
PERIWINKLE, s. Gille-fionn, faochag.
PERK, v. n. Bi guanach, bi gog-cheannach.
PERMANENCE, PERMANSSION, s. Buanas, maireannachd, seasmbachd.
PERMANENT, adj. Buan, maireannach.
PERMISSIBLE, adj. So-choimeasgadh.
PERMISSIBLE, adj. Ceadachte.
PERMISSION, s. Cead, saorsa, comas.
PERMISSIVE, adj. Ceadachail.
PERMIT, v. a. Ceadach; fuilig, luth-asaich, thoir suas.
PERMIT, s. Baranta-cuspuinn.
PERMUTATION, s. Malairt, mùthadh.
PERNICIOUS, adj. Millteach, sgriosail.
PERNICIOUSLY, adv. Gu sgriosail.
PERORATION, s. Co-dhùnadh draid.
PERPEND, v. a. Gabh dlù-bheachd.
PERPENDICULAR, adj. 'Na sheasamh dìreach.
PERPENDICULAR, s. Dìreachan.
PERPENSION, s. Smuaineachadh.
PERPETRATE, v. a. Ciontaich.
PERPETRATION, s. Ciontachadh.
PERPETUAL, adj. Sìor-mhaireannach.
PERPETUATE, v. a. Cùm an gnàchleachdadh.
PERPETUITY, s. Sìor-mhaireannachd.
PERPLEX, v. a. Cuir an ioma-chomhairle.
PERPLEXED, adj. Ioma-cheisteach, deacair, duilich.
PERPLEXITY, s. Ioma-chomhairle.
PERQUISITE, s. Frith-bhuannachd.
PERRY, s. Peur-leann.
PERSECUTE, v. a. Geur-lean, ioma-ruag.
PERSECUTION, s. Geur-leanmhainn.
PERSECUTOR, s. Fear-geur-leanmhainn.
PERSEVERANCE, s. Buan-leanaltas.
PERSEVERANT, adj. Buan-leanailteach.
PERSEVERE, v. n. Buanaich, lean.
PERSIST, v. n. Lean ri, bi seasmhach.
PERSISTENCE, s. Seasmhachd.
PERSISTIVE, adj. Buanachail.
PERSON, s. Neach, urra; pearsa.
PERSONABLE, adj. Cumair; tlachmhor.
PERSONAGE, s. Urra, neach fùghail.
PERSONAL, adj. Aon-urrach, pearsanta.
PERSONALITY, s. Aon-urralachd, féin-achd; athais, innisg.
PERSONALLY, adv. Gu h-aon-urrach.
PERSONATE, v. a. Gabh cosltas, neach eile.
PERSONATION, s. Dol an riochd neach eile.

- PERSONIFICATION, *s.* Riochd-samh-lachadh.
- PERSONIFY, *v. a.* Riochd-shamhlaich.
- PERSPECTIVE, *s.* Glain-amhairc; fradharc; scalladh.
- PERSPECTIVE, *adj.* Fradharcach.
- PERSPICACIOUS, *adj.* Geur-fhradharach.
- PERSPICACITY, *s.* Geur-shùileachd.
- PERSPICUITY, *s.* Soilleireachd.
- PERSPICUOUS, *adj.* Soilleir, so-thuigsinn.
- PERSPIRABLE, *adj.* Fallusach.
- PERSPIRATION, *s.* Fallus, cur falluis.
- PERSPIRAE, *v. n.* Cuir fallus dhìot.
- PERSUADE, *v. a.* Comhairlich; earlaich, cuir iompaidh; dean deònach.
- PERSUASIBLE, *adj.* So-chomhairleach.
- PERSUASION, *s.* Comhairle, earlachadh; barail, creideamh.
- PERSUASIVE, PERSUASORY, *adj.* Comhairleach, earlaich, iompaidheach.
- PERT, *adj.* Clis, beothail, ealamh, beadaidh, ladorna, goileamach.
- PERTAIN, *v. a.* Buin do.
- PERTINACIOUS, *adj.* Danarra, rag.
- PERTINACITY, *s.* Danarrachd, raige, rag-mhuinealachd, dèine.
- PERTINENCE, *s.* Iomchuidheachd.
- PERTINENT, *adj.* Iomchuidh, cubhaidh.
- PERTLY, *adv.* Gu clis, gu beadaidh.
- PERTNESS, *s.* Beadaidheachd.
- PERTURBATE, *v. a.* Buair, aimhreitich.
- PERTURBATION, *s.* Iomagain; buaireas.
- PERTUSION, *s.* Tolladh; toll.
- PERUKE, *s.* Gruag, Fara-ghruag.
- PERUSAL, *s.* Leughadh; rannsachadh.
- PERUSE, *v. a.* Leugh; rannsaich.
- PERVADE, *v. a.* Trid-shinbhail.
- PERVASION, *s.* Trid-shiubhal, dol troi'.
- PERVERSE, *adj.* Fiar, claon; dian 's an eucoir, rag-mhuinealach, aingidh; mallachte, crosta.
- PERVERSENESS, *s.* Rag-mhuinealachd, aingealtas, dalnachd.
- PERVERSION, *s.* Fiaradh, claonadh.
- PERVERT, *v. a.* Fiar, claon; truail.
- PERVERTIBLE, *adj.* So-chlaonadh.
- PERVICACIOUS, *adj.* Reagach, dàna.
- PERVICACITY, *s.* Danarrachd.
- PERVIOUS, *adj.* Neo-dhìonach.
- PEST, *s.* Plàigh; dragh, buaireas.
- PESTER, *v. a.* Cuir dragh, buair.
- PESTHOUSE, *s.* Taigh-leighis na plàighe.
- PESTIFEROUS, *adj.* Plàigheach, marbhtach, gabhaltach.
- PESTILENCE, *s.* Plàigh, sgrios-ghalar.
- PESTILENT, *adj.* Plàigheach, gabhaltach.
- PESTLE, *s.* Plocan-pronnaidh.
- PET, *s.* Dod, frionas; uan-pheata.
- PETAL, *s.* Duilleag, bileag.
- PETALOUS, *adj.* Duilleagach, bileagach.
- PETITION, *s.* Achamaich, iarrtas, guidhe, aslachadh.
- PETITION, *v. a.* Guidh, aslaich, iarr.
- PETITIONARY, *adj.* Aslachail.
- PETITIONER, *s.* Fear-aslachaidh.
- PETRIFICATION, *s.* Tionndadh gu cloich.
- PETRIFY, *v. a.* Tionndaidh gu cloich.
- PETTICOAT, *s.* Còta-bàn.
- PEITTFOGGEE, *s.* Fear-lagha gun fhiù, ball-donais; luimeire.
- PETTIFOOGING, *adj.* Suarach.
- PETTINESS, *s.* Bigc, crìne.
- PETTISH, *adj.* Dodach, frionasach.
- PETTY, *adj.* Beag, suarrach, crìon.
- PETULANCE, *s.* Beadaidheachd.
- PETULANT, *adj.* Beadaidh, leamh, peasanach, bleideil; goileamach, beag-narach, mi-mhodhail.
- PEW, *s.* Suidheachan-eaglais.
- PEWET, *s.* A' chrann-lach.
- PEWTER, *s.* Staoin, feòdar.
- PEWTERER, *s.* Cèard-staoine.
- PHALANX, *s.* Dlù-fheachd.
- PHANTASM, *s.* Faoin-bharail.
- PHANTOM, *s.* Sgleò-shealladh, faileas.
- PHARISAICAL, *adj.* Cràbhach o'n leth a mach; cealgach.
- PHARMACY, *s.* Eòlas leigheasan.
- PHAROS, *s.* Taigh-soluis, taigh-faire.
- PHASIS, *s.* Aghaidh, cruth, dealbh.
- PHEASANT, *s.* An easag.
- PHENIX, PHENIX, *s.* An tearc-eun.
- PHENOMENON, *s.* Sealladh iongantach.
- PHIAL, *s.* Scarrag bheag.
- PHILANTHROPY, *s.* Gradh-daonna; caoinhalachd; seirc.
- PHILIPPIC, *s.* Màbairachd, càineadh.
- PHILOLOGER, PHILOLOGIST, *s.* Cànaich; cainntear.
- PHILOLOGY, *s.* Eòlas-chànan.
- PHILOMEL, *s.* An spideag.
- PHILOSOPHER, *s.* Feallsanach, teallsanach, cùileadair.
- PHILOSOPHER'S-STONE, *s.* Clach-nam-buadh.
- PHILOSOPHICAL, *adj.* Teallsanta, ionnsaichte, eagnaich, fiosrach.
- PHILOSOPHY, *s.* Feallsanachd, teallsanachd, eagnaidheachd, reusonachadh, àrd-fhoghlum.
- PHILTER, *s.* Eòlas-gràidh. *Mt.*
- PHIZ, *s.* Aogas, aghaidh, aodann.
- PHLEBOTOMIST, *s.* Fear tarruinn fala.
- PHLEBOTOMIZE, *v. a.* Tarruinn fuil.
- PHLEBOTOMY, *s.* Fuil-tharruinn.
- PHLEGM, *s.* Ronn; leanntan-cuirp.

- PHLEGMATIC, *adj.* Ronnach; trom.
 PHLEME, *s.* Tuadh-fhala.
 PHOSPHORUS, *s.* Renll na maidne, &c.
 PHRASE, *s.* Dòigh-labhairt; facl.
 PHRASEOLOGY, *s.* Modh-labhairt.
 PHTHISIC, *s.* Tinneas-caithe, éiteach.
 PHTHISICAL, *adj.* Caithteach, éiteach-ail, searganach.
 PHYLACTERY, *s.* Crìos air an robh sgrìobhadhlean sònraicht' aig na h-Ìndhaich.
 PHYSIC, *s.* Eòlas leighis; cunghaidhean-leighis; teallsanachd-nàduir.
 PHYSICAL, *adj.* Nàdurra, càileadarach, leigheasach.
 PHYSICIAN, *s.* Léigh, lighiche.
 PHYSIOGNOMIST, *s.* Gnùis-fhiosaiche.
 PHYSIOGNOMY, *s.* Gnùis-fhiosachd; aogas, aogasg.
 PHYSIOLOGIST, *s.* Teallsanach ghnèithean a's chàilean.
 PHYSIOLOGY, *s.* Teallsanachd ghnèithean a's chàilean.
 PHYLOLOGY, *s.* Lùs-èolas.
 PIA-MATER, *s.* Cochull na h-eanchainn.
 PICK, *v.* Tagh, gabh roghadh a's taghadh; tog, tionail; cuir air leth, glan; fosgail glas; tiolp; spìol, criom.
 PICKAXE, *s.* Pìocaid.
 PICKED, PICKED, *adj.* Guineach, geur.
 PICKER, *v.* Spùinn, spùill.
 PICKLE, *s.* Picill; staid, còr, càradh.
 PICKLE, *v. a.* Sail, dean saille.
 PICKLOCK, *s.* Glas-pbiocaidh.
 PICKPOCKET, *s.* Frith-mhèirleach.
 PICKTOOTH, *s.* Bior-fhiacall.
 PICTURE, *s.* Dealbh, dreach, coltas.
 PICTURESQUE, *adj.* Bòidheach, àillidh.
 PINDLE, *v. a.* Pìoc, bi faoineasach.
 PIE, *s.* Pìthean; pioghaid.
 PIECE, *s.* Mìr, roinn, earrann; caob, bloigh; gunna; bonn.
 PIECE, *v.* Cuir mìr ri; ceangail, tàth, tuthagaich.
 PIECEMEAL, *adj.* Aon-fhillte, air leth.
 PIECEMEAL, *adv.* Mìr air mhìr.
 PIED, *adj.* Breac, ballach, balla-bhreac.
 PIER, *s.* Seòlaid, laimhrig; carragh.
 PIERCE, *v.* Toll, sàth; druigh, gluais; lot, gon, guin.
 PIERCER, *s.* Brodaiche, bior-tollaidh.
 PIETY, *s.* Cràbhadh; diadhachd.
 PIG, *s.* Uircean, oircein; gàta.
 PIGEON, *s.* Calman, calaman, colm.
 PIGGIN, *s.* Pìgean, soitheachan.
 PIGMENT, *s.* Dath, lith.
 PIGMY, *s.* Duairce, troich, Ispardan.
 PIGNUT, *s.* Cnò-thalmhuinn.
 PIKE, *s.* Geadas, crann-shleagh.
- PIKESTAFF, *s.* Crann-sleagha.
 PILASTER, *s.* Carragh ceithir-chearnach.
 PILCHARD, PILCHER, *s.* Sgadan-sligeach.
 PILCHER, *s.* Faluinn air a lìngeadh le bian.
 PILE, *s.* Post; cruach, dùn; aitreabh.
 PILE, *v.* Tòrr, cruach, càrn; lìon.
 PILEVOBT, *s.* An searraiche.
 PILFER, *v.* Tiolp, dean braide.
 PILFERER, *s.* Frith-mheirleach.
 PILGRIM, *s.* Eilthireach, fear-cuairt.
 PILGRIMAGE, *s.* Eilthireachd.
 PILL, *s.* Cungaidh leighis.
 PILLAGE, *s.* Creach, spùinn, togail.
 PILLAGE, *v. a.* Spùinn, spùill, creach.
 PILLAR, *s.* Carragh, colbh; fear-cultaic.
 PILLION, *s.* Sumag, peallag, pilleag.
 PILLORY, *s.* Ballan-stiallach, brangas.
 PILLOW, *s.* Adhartan, cluasag.
 PILLOW-BEER, *s.* Còmhdach-cluasaig.
 PILOSITY, *s.* Ròmaiche, molaiche.
 PILOT, *s.* Fear-iùil luinge.
 PILOT, *v. a.* Treòraich; stiùr.
 PILOTAGE, *s.* Duais-threòraichidh.
 PILOUS, *adj.* Ròmach, molach.
 PIMENTO, *s.* Peabar-dubh.
 PIMP, *s.* Maor-shiùrsaichean.
 PIMPERNEL, *s.* Seamrag-Muire.
 PIMPING, *adj.* Leibideach, erìon.
 PIMPLE, *s.* Biucean, plucan, guirean.
 PIN, *s.* Dealg, prìne; cnag, dùl.
 PINCERS, *s.* Turcais, teannchar.
 PINCH, *v.* Fàisg, gòmagaich; teannaich; bràith; goirtich, ciùrr; éignich; sàraich, pioc, claidh; caomhainn, bì gann.
 PINCH, *s.* Gòmag; teanntachd.
 PINCHBECK, *s.* Seòrsa meatailte.
 PINCUSHION, *s.* Prìneachan.
 PINE, *s.* Craobh ghiubhais.
 PINE, *v.* Caoidh, searg, caith às.
 PINFOLD, *s.* Punnd, fang.
 PINION, *s.* Cleite, ite-sgèithe; glas-làmh, ceangal-nan-dà-chaol.
 PINION, *v. a.* Ceangail na sgiathan; cuibhric, ceangail na lamhan.
 PINK, *s.* Luibh àraidh; seòrs' òisg; roghadh, taghadh; dath bàu-dhearg.
 PINK, *v.* Bior, toll; sàth; caog.
 PINMONEY, *s.* Airgead pòcaidh bhàn.
 PINNACE, *s.* Geòla, sgoth luige.
 PINNACLE, *s.* Binnein, turraid.
 PINNER, *s.* Ceanna-hharr.
 PINT, *s.* Pìinnt, leth-chart.
 PIONEER, *s.* Saighdear-tochlaidh.
 PIOUS, *adj.* Diadhaidh, cràbhaidh.
 PIR, *s.* Pìochan, galar-cheare.
 PIPE, *s.* Pìob, feadan; guth, anail.

- PIPE, *v.* Dean pìobaireachd.
 PIPER, *s.* Pìobaire.
 PIPING, *adj.* Lag, faoin, goileach.
 PIPKIN, *s.* Soitheachan creadha.
 PIQUANT, *adj.* Beur, geur, goirt, teth.
 PIQUE, *s.* Falachd, mì-run, gamhlas.
 PIQUE, *v. a.* Feargaich; farranaich.
 PIRACY, *s.* Muir-spùinneadh
 PIRATE, *s.* Spùinneadair-mara.
 PIRATICAL, *adj.* Spùinneach.
 PISCARY, *s.* Cead-iasgaich.
 PISCATION, *s.* Iasgaireachd.
 PISCATORY, *adj.* Iasgach.
 PISCIVOROUS, *adj.* Iasg-itheach.
 PISH! *interj.* Fùith! fùidh! fùich!
 PISMIRE, *s.* Seangan, sneaghan.
 PISS, *s.* Mùn; fual; *v. n.* Mùin.
 PISTOL, *s.* Daga, dag; seòra cùinidh.
 PISTON, *s.* Slat-stealladair.
 PIT, *s.* Toll, sloc; aigein; uaigh.
 PITAPAT, *s.* Plogadh-cridhe; luas-analach; plogartaich.
 PITCH, *s.* Bìgh, àirde, tomhas.
 PITCH, *v.* Suidhich; òrduich; tilg, tilg an coinneamh a chinn; tuit an comhair do chinn; tagh.
 PITCHER, *s.* Pigidh-uisge.
 PITCHFORK, *s.* Gobhlag aolaich.
 PITCHY, *adj.* Bigheach; doilleir, duhh.
 PITCOAL, *s.* Ala-ghual.
 PITEOUS, *adj.* Muldach, brònach, tùrsach, truagh; truacanta.
 PITFALL, *s.* Tallamh-toll, toll-fo-fhraoch, sloc-thuislidh.
 PITH, *s.* Glaodhan; spionnadh.
 PITHINESS, *s.* Spionnadh, treòir.
 PITHLESS, *adj.* Neo-spionntail, fann.
 PITHY, *adj.* Glaodhanach; spionntail, laidir, smiorail.
 PITIABLE, *adj.* Truagh, bochd.
 PITIFUL, *adj.* Truacanta, tràcaireach; tèò-chridheach, truagh; muldach, brònach; leibideach.
 PITILESS, *adj.* Neo-thruacanta, an-ìochdmhor, cruaidh-chridheach, mì-thràcaireach; gun truas.
 PITTANCE, *s.* Cuibhrionn, rud heag truagh.
 PITY, *s.* Truacantas, truas.
 PITY, *v.* Gabh truas.
 PIVOT, *s.* Udalan; cnairt-udalan.
 PIX, *s.* Naomh-chiste.
 PLACABLE, *adj.* So-chìosnachadh, soirbh, ciùin.
 PLACARD, PLACART, *s.* Fuagrath; sanas-follaiseach.
 PLACE, *s.* Àite, ionad; còmhnaidh; toiseach; dreuchd.
 PLACE, *v. a.* Suidhich, socraich.
 PLACID, *adj.* Ciùin, socrach, soirbh.
- PLACIDNESS, *s.* Ciùineachd, soirbh-eachd.
 PLAGIARISM, *s.* Mèirle-sgrìobhaidh.
 PLAGIARY, PLAGIARIST, *s.* Mèirleach-sgrìobhaidh.
 PLAGUE, *s.* Plàigh; claidh; dragh, buaireadh.
 PLAGUE, *v. a.* Pian, huair, leamhaich.
 PLAGUY, *adj.* Plàigheach; draghail.
 PLAICE, *s.* Leubag-mhòr.
 PLAID, *s.* Breacan; snaineach.
 PLAIN, *adj.* Réidh, còmhnaidh, min, lom; fosgailte; saor, soilleir, soirhh.
 PLAIN, *s.* Còmhnaidh, réidhlean, réidh-leach, faiche, blàr, lòn.
 PLAINDEALING, *s.* Tréidhireachd.
 PLAINNESS, *s.* Còmhnaidh, réidh-eachd, mineachd; fosgailteachd, tréidhireachd; neo-sgeamhalachd.
 PLAINT, *s.* Gearan, caoidh, acan, hròn.
 PLAINTIVE, *adj.* Tiamhaidh.
 PLAINTIFF, *s.* Fear-agairt.
 PLAIT, *s.* Filleadh, filleg, dual, pleat.
 PLAN, *s.* Innleachd; dealbh, cumadh.
 PLAN, *v. a.* Dealbh, deilbh, suidhich.
 PLANCHED, *adj.* Déileach.
 PLANCHER, *s.* Déile, bòrd.
 PLANE, *s.* Locair; còmhnaidh.
 PLANE, *v. a.* Locair, locraich.
 PLANET, *s.* Reull, reull-shiùhhlach.
 PLANETARY, *adj.* Reulltach.
 PLANK, *s.* Bòrd, clàr, déile.
 PLANK, *v. a.* Bòrdaich, clàraich.
 PLANNER, *s.* Fear-tionnsgain.
 PLANT, *s.* Luibh, meacan; fùran.
 PLANT, *v.* Suidhich; cuir sìolaich; socraich, daingnich.
 PLANTAIN, *s.* Cuach-Phàdruig.
 PLANTATION, *s.* Suidheachadh; ùr-àiteachadh; toirt a staigh.
 PLANTER, *s.* Fear-suidheach, fear-àiteachaidh.
 PLANTING, *s.* Suidheachadh.
 PLASH, *s.* Lochan, pollag; fùran, meanglan.
 PLASH, *v. a.* Luidrig; fìgh air a' chéile.
 PLASHY, *adj.* Lodanach, uisgidh, fuarraidh.
 PLASM, *s.* Molladair, ladhaidair, cumadair.
 PLASTER, *s.* Sglàib; plàsda-leighis.
 PLASTER, *v. a.* Sglàibrich; glaoth, cuir plàs' air.
 PLASTERER, *s.* Sglàibeadair.
 PLASTIC, *adj.* Cruth-thabhairteach.
 PLAT, *s.* Mìr fearainn, goirtean.
 PLATE, *s.* Lann; éideadh-màilleach; obair-airgeid; truinnsar.
 PLATE, *v. a.* Lannaich; airgeadaich.

PLATFORM, *s.* Còmhnard; dealbh, clàr-aghaidh.
 PLATOON, *s.* Gunnairean.
 PLATTER, *s.* Mias-mhòr; dualadair.
 PLAUDIT, *s.* Caitheam aobhneis, luath-ghair, iolach.
 PLAUSIBILITY, *s.* Ceart choltas.
 PLAUSIBLE, *adj.* Coltach, beulchar.
 PLAY, *v.* Cluich; dean fearas-chuid-eachd; dean mire, dean àbhachd, dean sùgradh; meall, mag, dean fochaid; oibrich, gluais.
 PLAY, *s.* Cluiche, mire, sùgradh, aighear; cleas; macnus; comas-glusaid.
 PLAYER, *s.* Fear-cluiche, cleasaiche.
 PLAYFELLOW, *s.* Còmpanach-cluiche.
 PLAYFUL, *adj.* Cleasanta, beadrach, mireagach, sùgrach, mear.
 PLAYHOUSE, *s.* Taigh-cluiche.
 PLYSOME, *adj.* Mireagach, sùgach.
 PLAYTHING, *s.* Ball-cluiche.
 PLEA, *s.* Cùis-thagraidh; leisgeul.
 PLEAD, *v. a.* Dion, tagair; agair reusanaich.
 PLEADER, *s.* Fear-tagraidh.
 PLEADING, *s.* Tagradh, agairt.
 PLEASANT, *adj.* Taitneach, ciatach: tlachdmhor, sunntach, faoilidh, cridheil.
 PLEASANTNESS, *s.* Taitneachd, tlachd, ciatachd, tlachdmhorachd; sunnt, cridhealas.
 PLEASANTRY, *s.* Cridhealas, aighear.
 PLEASE, *v.* Toilich, riaraich, taitinn.
 PLEASURABLE, *adj.* Taitneach, ciatach.
 PLEASURE, *s.* Taitneas, tlachd, toil-eachadh, toil-inntinn, ciataidh.
 PLEBEIAN, *s.* Duine cumanta, balach.
 PLEBEIAN, *adj.* Cumanta, suarach.
 PLEDGE, *s.* Geall; deoch-slàinte.
 PLEDGE, *v. a.* Cuir an geall, òl air, slàinte.
 PLEIADES, *s.* An griglean.
 PLENARY, *adj.* Làn, foirfe; iomlan.
 PLENIPOTENCE, *s.* Làn-chumhachd.
 PLENIPOTENT, *adj.* Làn-chumhachdach.
 PLENIPOTENTIARY, *s.* Àrd-theachdair.
 PLENITUDE, *s.* Lànachd; pailteas.
 PLENTEOUS, *adj.* Pailt, tarbhach.
 PLENTIFUL, *adj.* Lionmhor; tòrach.
 PLENTY, *s.* Pailteas; lànachd, saibhreas.
 PLETHORA, PLETHORY, *s.* Lànachd, cuirp, dòmhlachd cuirp.
 PLETHORIC, *adj.* Làn, dòmhail.
 PLEURISY, *s.* An treaghaid.
 PLEURITIC, *adj.* Treaghaideach.
 PLIABLE, *adj.* Sùbailte, maoth.

PLIARLENESS, *s.* Sùbailteachd.
 PLIANT, *adj.* So-lùbadh.
 PLIERS, *s.* Greimiche, turcais.
 PLIGHT, *s.* Cor, càradh, inbhe, cùis.
 PLIGHT, *v. a.* Thoir geall, thoir urras.
 PLINTH, *s.* Bunait carraig, stéidh.
 PLOD, *v. n.* Saoithrich, oibrich, imich gu trom; dian-chnuasaich.
 PLODDER, *s.* Fear-trom-shaoithreach.
 PLOT, *s.* Croit, goirtean; innleachd; feall-chomhairle; cuilbheart, foill.
 PLOT, *v.* Tionnsgainn; suidhich; dean foill; dean as-innleachd.
 PLOVER, *s.* Feadag.
 PLOUGH, *s.* Crann, crann-àraidh.
 PLOUGH, *v. a.* Treabh, àr; reub.
 PLOUGHMAN, *s.* Treabhaiche.
 PLOUGHSHARE, *s.* Spè croinn.
 PLUCK, *v. a.* Spìon, buain.
 PLUCK, *s.* Tarruinn, spìonadh; eridhe; sgamhan agus grùthan beathaich.
 PLUG, *s.* Plucan, cnag, geinn.
 PLUG, *v. a.* Plucaich, geinnich, dùin.
 PLUM, *s.* Plumbas; 100,000l.
 PLUMAGE, *s.* Iteach.
 PLUMB, *v. a.* Feuch doimhneachd, feuch dirichead.
 PLUMB, *adv.* Direach 'na sheasamh.
 PLUMBER, *s.* Ceard-luaidhe.
 PLUME, *s.* Ite, fàbhar, dūs-mullaich, seòcan.
 PLUME, *v.* Tog itean; cuir dūs air, dosaich; séid suas, àt.
 PLUMINGEROUS, *adj.* Iteagach.
 PLUMMET, *s.* Sreang-thomhais doimhneachd; cudthrom luaidhe.
 PLUMP, *adj.* Sultmhor, dòmhail, reamhar, reachmhor, taiceil, tiugh.
 PLUMP, *v. n.* Plub, plum.
 PLUMPNESS, *s.* Sultmhorachd, somaltachd, domhladachd.
 PLUMPUDDING, *s.* Marag phlumbais.
 PLUMY, *adj.* Còmhdhaichte le itean.
 PLUNDER, *s.* Cobhartach, creach.
 PLUNDER, *v. a.* Spùinn; tog creach.
 PLUNDERER, *s.* Spùinneadair.
 PLUNGE, *v.* Tùm, cuir fodha; tilg; sàth.
 PLUNGE, *s.* Tumadh, bogadh; ànighar, airc, teinn.
 PLURAL, *adj.* Iomarra.
 PLURALIST, *s.* Fear dà dhreuchd.
 PLURALITY, *s.* Iomadachd.
 PLUSH, *s.* Seòrsa clò.
 PLUVIAL, PLUVIOUS, *adj.* Frasach, braonach, robach, fiuch.
 PLY, *v.* Saoithrich, oibrich ri, iomair, dian-ghnàthaich, grìos, aslaich, guidh; lùb.
 PLY, *s.* Aomadh, car, laidhe; fìleadh.

- PNEUMATIC**, *adj.* Gaothach.
PNEUMATICS, *s.* Eòlas gaoithe, &c.
PNEUMATOLOGY, *s.* Eòlas bhith-spioradail.
PNEUMONICS, *s.* Leigheas sganhain.
POACH, *v.* Slaop; dean goid frìthe.
POACHER, *s.* Mèirleach sìthne.
POACHY, *adj.* Àitid, bog.
POCK, *s.* Bòc, guirean brice; pocan.
POCKET, *s.* Pòcaid, pòca, pùidse.
POCKET, *v. a.* Cuir 's a' phòcaid.
POCKET-BOOK, *s.* Leabhar-pòcaid.
POCULENT, *adj.* A dh' fhaodair òl.
POD, *s.* Cochull, plaosg, sgrath, rùsg.
POEM, *s.* Dàn, duan, laoidh.
POESY, *s.* Bàrdachd, rannachd.
POET, *s.* Bàrd, fìlidh, aos-dàna.
POETASTER, *s.* Sgonna-bhàrd.
POETESS, **POETRESS**, *s.* Bana-bhàrd.
POETIC, **POETICAL**, *adj.* Bàrdail.
POETRY, *s.* Bàrdachd, ranutachd.
POIGNANCY, *s.* Gairge, géire, seirbhe.
POIGNANT, *adj.* Garg, geur, searbh.
POINT, *s.* Roinn, bior, barr-iall; rudha, sròn; neart, seadh, brìgh, tiota; cor; ponc, comharradh; ball; cuspair, an dearbh-nì.
POINT, *v. a.* Geuraich, thoir roinn air, bioraich; seòl, comharraich; cuimsich; poncaich; feuch, nochd.
POINTED, *adj.* and *part.* Geur, biorach; poncail, eagnaich.
POINTER, *s.* Cù-eunaich.
POINTLESS, *adj.* Maol; gun roinn.
POISE, *s.* Co-chothrom.
POISE, *v. a.* Co-chothromaich.
POISON, *s.* Nimh, puinnsean.
POISON, *v. a.* Nimhich; truail, mill.
POISONOUS, *adj.* Nimheach, nimheil.
POITREL, *s.* Uehd-bheairt eich, &c.
POKE, *s.* Poca, balg, màileid.
POKE, *v. a.* Smeuraich, rùraich.
POKER, *s.* Bioran-griosaich.
POLE, *s.* Crann, maide, cabar, cuaille; cùig slat gu leth.
POLECAT, *s.* Fèdeullan, taghan.
POLEMIC, *adj.* Conuspaideach.
POLEMIC, *s.* Counspaidiche.
POLESTAR, *s.* An reull-iùil thuath.
POLICE, *s.* Rìaghladh baile, &c.
POLICY, *s.* Innleachd-riaghlaidh; seòltachd, steòrnadh, criontachd, gliocas.
POLISH, *v.* Lìomh, liomhaich, sgéinnich; oileanaich.
POLISH, *s.* Lìomhadh, loinnireachd.
POLISHER, *s.* Fear-liomhaidh.
POLITE, *adj.* Modhail, oileanaich.
POLITENESS, *s.* Modhalachd.
POLITIC, **POLITICAL**, *adj.* Eòlach, eagnaich, seòlta, domhain, carach; cuilbheartach; a bhuineas do dh' eòlas-riaghlaidh.
POLITICIAN, *s.* Fear eòlach mu innleachdan riaghlaidh.
POLITICS, *s.* Inleachdan riaghlaidh.
POLITURE, *s.* Liomharachd.
POLITY, *s.* Modh riaghlaidh.
POLL, *s.* Ceann; ainun-chlàr.
POLL, *v. a.* Sgud, bèarr, sgath dheth; spùinn, creach, lom; gabh ainmean; gèarr falt.
POLLARD, *s.* Craobh bhearrte; damh gun chròic; garbhan, pronn.
POLENGER, *s.* Preas-choille.
POLLUTE, *v. a.* Truail, salaich, measgaidh le salchar.
POLLUTED, *part.* and *adj.* Truailte.
POLLUTION, *s.* Truailleadh, salchadh.
POLTROON, *s.* Gealtair, cladhaire.
POLYANTHUS, *s.* Sòbhiach-gheamhraidh.
POLYGAMY, *s.* Ioma-phòsadh.
POLYGLOT, *adj.* Ioma-chainnteach.
POLYGON, *s.* Ioma-chèarnag.
POLYPOUS, *adj.* Ioma-chasach.
POLYPUS, *s.* Àt-cuinnein.
POLYSYLLABLE, *s.* Ioma-shiòla.
POLYTHEISM, *s.* Creideamh nan-ioma dia.
POMADE, *s.* Ola-cinn, ola-fuilt.
POMATUM, *s.* Ungadh fuilt.
POMEORANATE, *s.* Gràn-ubhall.
POMMEL, *s.* Ubhal claidheimh.
POMMEL, *v. a.* Slad, slacainn, pronn.
POMP, *s.* Greadhnachas, uaill.
POMPOSIT, *s.* Mòr-chuis.
POMPOUS, *adj.* Mòr-chuisseach, nailleil.
POMPUSNESS, *s.* Mòralachd.
POND, *s.* Linne, uisge-tàimh.
PONDER, *v.* Smuainich, beachd-smuainich, fdrich, cnuasaich.
PONDEROSITY, *s.* Cudthromachd; cùramachd.
PONDEROUS, *adj.* Cudthromach, cùramach, laidir.
PONENT, *adj.* Iar, iarach.
PONTARD, *s.* Cuinnsear.
PONTAGE, *s.* Cìs-drochaid.
PONTIFF, *s.* Àrd-shagart, am pàpa.
PONTIFICAL, *adj.* Àrd-shagartach.
PONTIFICAL, *s.* Leabhar nan deasginnèth.
PONTIFICATE, *s.* Pàpanachd.
PONTON, *s.* Drochaid-fhleodraidh.
PONY, *s.* Each beag.
POOP, *s.* Deireadh luinge, uisge-tàimh.
POOR, *adj.* Bochd, aimbeartach, dòlum, ainnis; ìosal, suarrach, leibideach; truagh, cruaidh; caol, seang.
POORLY, *adj.* Euslainteach, tinn.

POP, *s.* Sgailc, bragh, braghadh.

POPE, *s.* Am pàpa.

POPEDOM, *s.* Pàpachd.

POPERY, PAPISTRY, *s.* Pàpanachd.

POPGUN, POTGUN, *s.* Gunna-sgailc.

POPINJAY, *s.* An snagan-daraich.

POPISH, *adj.* Pàpanach.

POPLAR, *s.* Chrìtheann, crìtheach.

POPPY, *s.* An crom-lùs.

POPULACE, *s.* An sluagh, an cumanta.

POPULAR, *adj.* Taitneach do 'n t-sluagh; cumanta; so-thuigsinn.

POPULARITY, *s.* Sluagh-thaitneachd.

POPULATE, *v. n.* Fàs-lìonmhor, sìol-aich; lian le sluagh.

POPULATION, *s.* Sluagh tìre.

POPULOUS, *adj.* Sluaghmhor.

PORCELAIN, *s.* Criadh fhìnealta.

PORCH, *s.* Sgàil-thaigh, foir-dhorus.

PORE, *s.* Pòr, tollan-falluis.

PORE, *v. n.* Geur-amhairc; geur-sgrùd, geur-bheachdaich.

PORERLIND, *adj.* Dalladh-eunain.

PORK, *s.* Muic-fheòil ùr.

PORKER, PORKLING, *s.* Uircean.

POROSITY, *s.* Tolltachd, còsachd.

POROUS, PORY, *adj.* Tolltach, pòrach.

PORPOISE, PORPUS, *s.* Pèileag, cana.

PORRIDGE, POTAGE, *s.* Lite.

PORRINGER, *s.* Soitheach beag creadha.

PORT, *s.* Port; cala, acarsaid, dorus, geata; iomchar, giùlan; fion-dearg.

PORTABLE, *adj.* So-ghiùlan.

PORTAL, *s.* Dorus-àrd, geata mòr.

PORTCULLIS, *s.* Drochaid-thogalach.

PORTEND, *v. a.* Fàisnich, fiosaich.

PORTENT, *s.* Droch comharradh.

PORTENTOUS, *adj.* Droch thargrach.

PORTER, *s.* Dorsair; gille-teachdair-eachd; dù-leann, dubh-lionn.

PORTERAGE, *s.* Duais iomchair.

PORTGLAIVE, PORTGLAVE, *s.* Fear-iomchair claidbeimh, gille-claidheimh.

PORTHOLE, *s.* Toll gunna mhòir.

PORTICO, *s.* Sràid chòmhdachite.

PORTION, *s.* Earrann, roinn, cuid.

PORTION, *v. a.* Roinn; thoir dlighe no tochradh do.

PORTLINESS, *s.* Stàtalachd foghainteachd, riochdalachd.

PORTLY, *adj.* Stàtail, foghainteach.

PORTMANTEAU, *s.* Màileid-turais.

PORTRAIT, *s.* Dealbh duine, sàmhla.

PORTRAY, *v. a.* 'Tarruinn dealbh.

PORTRESS, *s.* Baun-dorsair.

POSE, *v. a.* Cuir 'na thosd, cuir an ioma-cheist; ceasaich.

POSITION, *s.* Suidheachadh.

POSITIONAL, *adj.* Ionadach.

POSITIVE, *adj.* Fìor, fìrinneach; dearbh-chinnteach, dearbhte; dìreach, sònraichte, soilleir; féin-bharalach; suidhichte, stéidhichte, socraichte, ùghdarrach.

POSITIVENESS, *s.* Cinnteachd, dearbhtachd; féin-bharalachd.

POSSE, *s.* Buidheann, feachd.

POSSESS, *v. a.* Sealbhaich, gabh seilbh.

POSSESSION, *s.* Sealbhachadh, seilbh.

POSSESSIVE, POSSESSORY, *adj.* Seilbheach, seilbheachail.

POSSESSOR, *s.* Sealbhadair.

POSSET, *s.* Bainne air a bhìndeachadh le fion, &c.

POSSIBILITY, *s.* Comas, comasachd.

POSSIBLE, *adj.* Comasach.

POST, *s.* Gille-litrichean; post; turascabhagach; ionad-freiceadain; dreuchd; àite; gnothach.

POST, *v. n.* Dean turas cabhagach.

POSTAGE, *s.* Duais giùlaiu litreach.

POSTROY, *s.* Fear carbaid-rathaid.

POSTCHaise, *s.* Carbad-duaise.

POSTERIOR, *adj.* Deireannach.

POSTERIORS, *s.* Leth-deiridh, màsan.

POSTERITY, *s.* Na linntean ri teachd.

POSTERN, *s.* Dorus beag, frith-gheata.

POSTHASTE, *s.* Cabhag, grad-shiubhal.

POSTHUMOUS, *adj.* An déigh bàis.

POSTILLION, *s.* Gille-carbaid.

POSTMAN, *s.* Gille-litrichean.

POSTMASTER, *s.* Maighstir-phost.

POST-OFFICE, *s.* Taigh-litrichean.

POSTPONE, *v. a.* Cuir dàil ann.

POSTSCRIPT, *s.* Fath-sgrìobhadh.

POSTULATE, *s.* Beachd no fìrinu gun dearbhadh.

POSTULATION, *s.* Togail gun dearbhadh; beachd gun dearbhadh.

POSTURE, *s.* Suidheachadh, laidhe, dòigh suidhe no seasamh no laidhe; staid, seòl.

POSY, *s.* Blàth-dhos, blàth-bhad.

POT, *s.* Poit, prais, praiseach.

POT, *v. a.* Cuir am poit.

POTASH, *s.* Luath luibhean.

POTATION, *s.* Pòit, pòitearachd.

POTATO, *s.* Buntàta.

POTBELLIED, *adj.* Bronnach.

POTCH, *v. a.* Dean gold, dean meirle.

POTCOMPANION, *s.* Còmpanach òil.

POTENCY, *s.* Ùghdarras, uachdranachd.

POTENT, *adj.* Cunnachdach, treuu.

POTENTATE, *s.* Rìgh, àrd-uachdaran.

POTENTIAL, *adj.* Comasach; buadhach, neartmhor.

POTENTIALITY, *s.* Comasachd.

POTENTNESS, *s.* Neartmhorachd.

POTHER, *s.* Gleadhraich, buaireas.

- POTION, *s.* Deoch.
- POTSHERN, *s.* Spreadhan, pigean, slighe-chreadha. *Bi.*
- POTTER, *s.* Criadhadair.
- POTTERY, *s.* Criadhadaireachd.
- POTTLE, *s.* Tomhas cheithlir pinnt.
- POUCH, *s.* Pòcaid, pòca, brù mhòr.
- POULT, *s.* Isean-eòin, pùda.
- POULTERER, *s.* Fear-reic eun.
- POULTICE, *s.* Fuar-lite, fuarag.
- POULTRY, *s.* Cearcan, eòin-taighe.
- POUNCE, *s.* Spùg, cràg; iucan eòin.
- POUNN, *s.* Pund; pund-Sasunnach; punnd spréidhe.
- POUND, *v. a.* Pronn, brùth, bleith; cuir am punnd.
- POUNDAGE, *s.* Airgead-puinnd.
- POUR, *v. a.* Dòirt, taom, bruchd.
- POUT, *s.* Bodach-ruadh, pollach.
- POUT, *v. n.* Cuir gnoig ort, cuir spliug ort, cuir spreill ort.
- POVERTY, *s.* Bochdainn, ainns.
- POWNER, *s.* Fùdar, dùs, smùr, sad.
- POWNER, *v. a.* Mìn-phronn, dean 'na smùr; crath sinùr air; fùdaraich, crath salann air.
- POWDER-HORN, *s.* Adharc-fhùdair.
- POWDERY, *adj.* Mìn, pronu.
- POWER, *s.* Cumhachd, comas.
- POWERFUL, *adj.* Cumhachdach.
- POWERFULNESS, *s.* Neartmhorachd.
- POWERLESS, *adj.* Lag-chuisseach, fann.
- POX, *s.* Breac; a' bhreac-Fhràngach.
- PRACTICABLE, *adj.* So-dheanemh.
- PRACTICAL, *adj.* Cleachdail, cleachdte.
- PRACTICE, *s.* Cleachdadh, àbhais; gnàth, innleachd, dòigh.
- PRACTIC, *adj.* Cleachdach; teòma.
- PRACTISE, *v.* Cleachd, gnàthaich.
- PRACTITIONER, *s.* Fear-cleachdaidh.
- PRAGMATICAL, *adj.* Bèadaidh, leamh.
- PRAISE, *s.* Cliù, moladh.
- PRAISE, *v. a.* Mol, cliùthaich.
- PRAISEWORTHINESS, *s.* Ion-mholtachd.
- PRAISEWORTHY, *adj.* Ion-mholta.
- PRAME, *s.* Bàta-leathann, coitc.
- PRANCE, *v. n.* Leum, geàrr sùrdag, sùrdagaich; còimnich gu h-uallach.
- PRANCING, *adj.* Leumnach, sùrdagach, beiceiseach, meamnach.
- PRANK, *s.* Cleas, cleasachd, meamna, àbhcaid, mire; droch-cleas.
- PRATE, *v. n.* Dean goileam, dean lonais, dean beulais.
- PRATE, *s.* Faoin-chainnt, lonais.
- PRATER, *s.* Glagaire, gobaire.
- PRATING, *s.* Glagaireachd, goileam.
- PRATINOLY, *ad.* Gu goileamach.
- PRATLER, *s.* Goileamaiche.
- PRATIQUE, *c.* Teisteanas-slàinte.
- PRATTLE, *s.* Faoin-chainnt, gobaireachd, briotas, briot.
- PRATTLE, *v. n.* Dean gobaireachd.
- PRAVITY, *s.* Truailidheachd.
- PRAWN, *s.* Am muasgan-caol.
- PRAY, *v.* Dean ùrnaigh, guidh.
- PRAYER, *s.* Ùrnaigh, guidhe, iartras.
- PRAYERBOOK, *s.* Leabhar-ùrnaigh.
- PREACH, *v.* Searmonaich.
- PREACHER, *s.* Searmonaiche.
- PREACHING, *s.* Searmonachadh.
- PREAMBLE, *s.* Roinh-ràdh.
- PRECARIOUS, *adj.* Neo-chinnteach.
- PRECARIOUSNESS, *s.* Neo-chinnteachd.
- PRECARIOUSLY, *adv.* Gu teagamhach, gu baoghalach.
- PRECAUTION, *s.* Faicill, roi'-chùram.
- PRECAUTION, *v. a.* Roi' earalaich.
- PRECEDE, *v. a.* Roi'-imich, rach roimhe.
- PRECEDENCE, *s.* Roi'-imeachd, toiseach, tùs; inbhe, roi'-àite.
- PRECEDENT, *adj.* Roimhe, tùsach.
- PRECEDENT, *s.* Eiseamplair.
- PRECEDENTLY, *adv.* Roi'-làimh.
- PRECENTOR, *s.* Fear-togail-fuiun.
- PRECEPT, *s.* Àinte, reachd, riaghailt.
- PRECEPTIVE, *adj.* Reachdach, àinteil.
- PRECEPTOR, *s.* Oid'-ionnsachaidh.
- PRECSSION, *s.* Roi'-shìubhal.
- PRECINCT, *s.* Comharradh-erìche.
- PRECIOUS, *adj.* Luachmhor, prìsell.
- PRECIOUSNESS, *s.* Luachmhorachd.
- PRECIPICE, *s.* Sgòrr, càs-chreng.
- PRECIPITANCE, *s.* Caise, braise, cabhag, deifir, braisead, déine.
- PRECIPITANT, *adj.* Càs, hras, dian.
- PRECIPITATE, *v.* Tilg sìos, tilg an comhair a' chinn, cabhagaich, deifirich; tuit sìos, sìolaidh gu grunnnd.
- PRECIPITATE, *adj.* Chabhagach, deifir-each, neo-fhaicilleach.
- PRECIPITATELY, *adv.* An comhair a' chinn.
- PRECIPITATION, *s.* Caise, braise; tuit-eam sìos; sìoladh gu grunnnd.
- PRECIPITOUS, *adj.* Cas, corrach, sgorrach, creagach; bras.
- PRECIPITOUSNESS, *s.* Caisc, braise.
- PRECISE, *adj.* Poncail, eagarach, fuirneil.
- PRECISION, PRECISENESS, *s.* Poncailachd, cagarachd.
- PRECLUDE, *v. a.* Dùin a mach, grab, bac, cuir bacadh air.
- PRECLUSIVE, *adj.* Toirmeasgach.
- PRECOCIOUS, *adj.* Roi'-abaich.
- PRECOCIOUSNESS, *s.* Roi'-abaichead.
- PRECOCITY, *s.* Roi'-abaichead.
- PRECOONITION, *s.* Roi'-fhiosrachadh.
- PRECONCEIT, *s.* Roi'-bheachd.

- PRECONCEIVE, *v. a.* Roi'-bheachdaich.
 PRECONCEPTION, *s.* Roi'-bheachd.
 PRECONCERT, *v.* Roi'-shuidhich.
 PRECONTRACT, *s.* Roi'-chùmhnant.
 PRECONTRACT, *v.* Roi'-chùmhnantaich.
 PRECURSE, *s.* Roi'-ruith.
 PRECURSOR, *s.* Roi'-ruith-ear.
 PRECURSORY, *adj.* Roi'-ruitheach.
 PREDACEOUS, *adj.* Creachach.
 PREDATORY, *adj.* Reubainneach.
 PREDECESSOR, *s.* Roi'-shealbhadair.
 PREDESTINARIAN, PREDESTINATOR, *s.*
 Creideach an roi'-òrduchadh Dhé.
 PREDESTINATE, *v. a.* Roi'-òrduich.
 PREDESTINATION, *s.* Roi'-òrduchadh
 Dhé, roi'-thaghadh Dhé.
 PREDESTINE, *v. a.* Roi'-òrduich.
 PREDETERMINATION, *s.* Roi'-òrduch-
 adh, roi'-shònrachadh.
 PREDETERMINE, *v. a.* Roi'-òrduich,
 roi'-shònrach, roi'-rùinich.
 PREDICAMENT, *s.* Còr, ìre, gde.
 PREDICATE, *s.* Tuairisgeul, aithris.
 PREDICATE, *v.* Abair, inis, aithris,
 cuir an cèill.
 PREDICATION, *s.* Innse; iomradh.
 PREDICT, *v. a.* Roi'-innis, roi'-aithris.
 PREDICTIVE, *adj.* Roi'-innseach.
 PREDICTION, *s.* Fàisneachd.
 PREDICTOR, *s.* Fiosaiche, fàidh.
 PREDIGESTION, *s.* Roi'-mheirbheadh.
 PREDILECTION, *s.* Roi'-thlachd.
 PREDISPOSE, *v. a.* Roi'-uidheamaich.
 PREDISPOSITION, *s.* Roi'-uidheamach-
 adh, roi'-ullachadh.
 PREDOMINANCE, PREDOMINANCY, *s.*
 Barrachd, uachdranachd, lamh-an-
 uachdar, buaidh, ceannas.
 PREDOMINANT, *adj.* Uachdranach,
 ceannasach, buadhach.
 PREDOMINATE, *v. n.* Buadhaich.
 PRE-ELECT, *v. a.* Roi'-thagh.
 PRE-EMINENCE, *s.* Àrd-bhuaidh.
 PRE-EMINENT, *adj.* Àrd-bhuadhach.
 PRE-ENGAGE, *v. a.* Roi'-cheangail.
 PRE-ENGAGEMENT, *s.* Roi'-cheangal,
 roi'-ghealladh, roi'-chumhnant.
 PRE-ESTABLISHMENT, *s.* Roi'-shuidh-
 eachadh, roi'-shocrachadh.
 PRE-EXIST, *v. n.* Bi ann roi'-làimh.
 PRE-EXISTENCE, *s.* Roi'-bhith.
 PRE-EXISTENT, *adj.* Roi'-bhitheach.
 PREFACE, *s.* Roi'-ràdh.
 PREFACE, *v. n.* Roi'-abair.
 PREFATORY, *adj.* Roi'-ràdhach.
 PREFECT, *s.* Ceannard, fear-dìona.
 PREFER, *v. a.* Roghnaich, àrdaich.
 PREFERABLE, *adj.* Nì's fèarr.
 PREFERENCE, *s.* Roghainn.
 PREFERMENT, *s.* Ardachadh.
- PREFIGURATION, *s.* Roi'-shamhlachadh.
 PREFIX, *v. a.* Roi'-shuidhich.
 PREFIX, *s.* Roi'-fhacal.
 PREGNABLE, *adj.* So-ghlacadh.
 PREGNANCY, *s.* Leth-tromachd.
 PREGNANT, *adj.* Torrach, leth-trom-
 ach, làd, trom; tarbhach, siolmhor.
 PREGUSTATION, *s.* Roi'-bhlasad.
 PREJUDGE, *v. a.* Roi'-bhreithdich.
 PREJUDGMENT, *s.* Roi'-bhreth, claon-
 bhreth.
 PREJUDICATION, *s.* Roi'-bhreithdeach-
 adh, claon-bhreithneachadh.
 PREJUDICE, *s.* Claon-bhàigh; cron.
 PREJUDICE, *v.* Cuir an droch bheachd,
 cuir an claon-bharail; dochainn le
 claon bhreth; ciùrr, lochdaich.
 PREJUDICIAL, *adj.* Claon-bhretheach;
 cronail, aimhleasach.
 PRELACY, *s.* Easbuigeachd.
 PRELATE, *s.* Easbuig.
 PRELITICAL, *adj.* Easbuigeach.
 PRELECTION, *s.* Searmonachadh.
 PRELIMINARY, *adj.* Tòiscachail.
 PRELIMINARY, *s.* Ceud-thùs, toiseach.
 PRELUDE, *s.* Deuchaind-ghleusta;
 toiseach, roi'-ghnothach, roi'-chùis.
 PRELUDE, *v. a.* Roi'-thaisbean.
 PRELUSIVE, *adj.* Roi'-làimheach.
 PREMATURE, *adj.* Roi' mhithich, roi' n
 àm, roi'-abaich.
 PREMATURELY, *adv.* Gu h-ann-tràth-
 ail, roi' n mhithich.
 PREMEDITATE, *v. a.* Roi'-thionnsgain,
 roi'-bheachdaich, roi'-chnusaich.
 PREMEDITATION, *s.* Roi'-thionnsgnadh,
 roi'-bheachdachadh, roi'-chnuasach-
 adh.
 PREMIER, *v. a.* Roi'-thoil.
 PREMIER, *adj.* Prìomh, a's àirde.
 PREMIER, *s.* Àrd-chomhairliche.
 PREMISE, *v. a.* Roi'-mhìnich.
 PREMISES, *s.* Roi'-fhìriddean; taigh-
 ean, aitreabh, fearann.
 PREMIUM, *s.* Duais-barrachd.
 PREMONISH, *v. a.* Roi'-earalach.
 PREMONITION, *s.* Roi'-fhiosrachadh.
 PREMONSTRATE, *v. a.* Roi'-thaisbean.
 PRENOMINATE, *v. a.* Roi'-ainmich.
 PRENOMINATION, *s.* Roi'-ainmeachadh.
 PREOCCUPATION, *s.* Roi'-ghabhail;
 claon-bhàigh.
 PREOCCUPY, *v. a.* Roi'-shealbhaithe.
 PREOMINATE, *v. a.* Roi'-innis.
 PREOPINION, *s.* Roi'-bharail.
 PREORDAIN, *v. a.* Roi'-òrduich.
 PREORDINATION, *s.* Roi'-òrduchadh.
 PREPARATION, *s.* Uidheamachadh.
 PREPARATIVE, *s.* Gleusadh.
 PREPARATORY, *adj.* Ullachail.

- PREPARE**, *v. a.* Ullach, uidheamaich, deasaich, dean réidh.
- PREPAREDNESS**, *s.* Ullamhachd.
- PREPENSE**, *adj.* Roi'-smuaintichte, roi'-bheachdaichte, suidhichte, socraichte, rùnaichte.
- PREPONDERANCE**, *s.* Barrachd cudthrom, barrachd cothrom.
- PREPOSE**, *v. a.* Roi'-chuir.
- PREPOSITION**, *s.* Roi'-bhriathar.
- PREPOSSESS**, *v. a.* Roi'-shealbhaich.
- PREPOSSESSION**, *s.* Roi'-sheilbh.
- PREPOSSESSOR**, *s.* Roi'-shealbhadair.
- PREPOSTEROUS**, *adj.* Docharach.
- PREPOSTEROUSLY**, *adv.* Gu docharachd, gu h-eu-céillidh.
- PREREQUIRE**, *v. a.* Roi'-iarr.
- PREREQUISITE**, *adj.* Roi'-fheumail.
- PRERESOLVE**, *v. a.* Roi'-shuidhich.
- PREROGATIVE**, *s.* Còir-dhlighe.
- PREROGATIVED**, *adj.* Còir-dhligheach.
- PRESAGE, PRESAGEMENT**, *s.* Manadh, fàisneachd, sanus.
- PRESAGE**, *v. a.* Roi'-innis, roi'-thaisbean, targair, dean fiosachd.
- PRESBYTER**, *s.* Fear-cléire, cléireach, pears'-eaglais; sagart.
- PRESBYTERIAL**, *adj.* Cléireachail.
- PRESBYTERIAN**, *s.* Fear-dion cléire, no phears-eaglais.
- PRESBYTERY**, *s.* Cléir.
- PRESCIENCE**, *s.* Roi'-fhios.
- PRESCIENT**, *adj.* Roi'-fhiosrach.
- PRESCRIBE**, *v.* Thoir seòladh.
- PRESCRIPT, PRESCRIPTION**, *s.* Seòladh, òrdugh, riaghailt, riaghailt-léigh.
- PRESENCE**, *s.* Làthaireachd, làthair; dreach, tuar, aogas, dealbh, cruth; tapachd, teòmachd.
- PRESENTATION, PRESENTION**, *s.* Roi'-fhaireachadh, roi'-fhiosrachd, roi'-bheachd.
- PRESENT**, *adj.* A làthair, dlù, làthaireach, aig làimh; 's an àm, 's a' cheart àm; an cuimhne; fo bheachd.
- PRESENT**, *s.* Tiodhlac, tabhartas.
- PRESENT**, *v. a.* Thoir an làthair, cuir 's an làthair, nochd, taisbean; taig, tabhair; thoir seachd, thoir do, builich, air, thoir còir do.
- PRESENTABLE**, *adj.* So-bhuileachadh, so-thaisbeanadh, so-nochdadh.
- PRESENTATION**, *s.* Tairgsinn, buileachadh, tabhairt, taisbeanadh, nochdadh, cur 's an làthair.
- PRESENTEE**, *s.* Neach a fhuair còir air beathachadh eaglais.
- PRESENTLY**, *adv.* 'S a cheart àm, an ceart uair, air an uair, gu grad, gu clis, gu luath.
- PRESENTIMENT**, *s.* Roi'-bheachd.
- PRESENTMENT**, *s.* Tabhairt.
- PRESENTNESS**, *s.* Cliseachd.
- PRESERVABLE**, *adj.* So-ghleidheadh.
- PRESERVATION**, *s.* Saoradh, tèarnadh, gleidheadh, tasgaidh, dìon.
- PRESERVATIVE**, *s.* Cungaidh-leighis.
- PRESERVE**, *v. a.* Saor, teasraig, dìon, gléidh; gréidh, dean suas le cungaidh.
- PRESERVE**, *s.* Meas gréidhte.
- PRESERVER**, *s.* Fear teasraiginn.
- PRESIDE**, *v. n.* Riaghail, riaghailtich.
- PRESIDENCY**, *s.* Riaghlaireachd.
- PRESIDENT**, *s.* Fear-riaghlaidh.
- PRESIGNIFICATION**, *s.* Roi'-sheadh.
- PRESIGNIFY**, *v. a.* Roi'-sheadhaich.
- PRESS**, *v.* Fàisg, brùth; claidh, sàraich; éignich, co-éignich; sparr, cuir iompadh; fòirn.
- PRESS**, *s.* Bruthadair, fàsgadair; clò-chlàr; dòmhlachd, mùchadh; déine, braise; còrnchlar.
- PRESSGANG**, *s.* Luchd-ghlacaidh.
- PRESSION**, *s.* Bruthadh, fàsgadh.
- PRESSMAN**, *s.* Fear clò-bhualaidh.
- PRESSMONEY**, *s.* Airgead-glacaidh.
- PRESSURE**, *s.* Bruthadh, fàsgadh, teannachadh; éigin, ainneart.
- PREST**, *adj.* Grad, clis, luath.
- PRESUMABLE**, *adj.* So-shaoilsinn.
- PRESUME**, *v. a.* Roi'-chreid, roi'-bheachdaich, gabh mar fhìrinn; abair gun dearbhadh; gabh ort, gabh mar dhànadas; thoir ionnsaidh ladorna, thoir dān-ionnsaidh.
- PRESUMPTION**, *s.* Roi'-bheachd; faoin-dhànadas; coltas cudthromach; dānadas, ladornas; dall-earbsa.
- PRESUMPTIVE**, *adj.* Roi'-smuainichte; a' céir coltais, coltach; dāna, ladorna.
- PRESUMPTUOUS**, *adj.* Àrdanach, dalm; aindiahdhaidh, neo-urramach.
- PRESUMPTUOUSNESS**, *s.* Uaimhreachas, ladornas, dalmachd.
- PRESUPPOSAL**, *s.* Roi'-bharail.
- PRESUPPOSE**, *v. a.* Roi'-bharalaich.
- PRETENCE**, *s.* Leithsgeul, sgàth, faoin-sgeul; cur an ire, gabhail air fòin.
- PRETEND**, *v.* Leig ort, gabh ort; dean mealladh, gabh feall-choltas; agair, tagair.
- PRETENDER**, *s.* Fear-agairt còrach, air ni nach bun da.
- PRETENSIONS**, *s.* Agartas, còire; faoin-choltas.
- PRETERIT**, *adj.* A chaid seachad.
- PRETERNATURAL**, *adj.* Mi-nàdufra.
- PRETEXT**, *s.* Còmhach, falach, lei sgeul.

PRETOR, *s.* Breitheamh Ròmhuanach, àrd-bhailidh baile-mhòir.
 PRETTINESS, *s.* Grinneas, briaghachd, bòidhchead, bòidhche.
 PRETTY, *adj.* Grinn, briagha, bòidh-each, lurach, laoghach.
 PRETTY, *adv.* An eatorras; a leth char.
 PREVAIL, *v. a.* Buadhaich, coisinn.
 PREVAILING, *adj.* Buadhach.
 PREVALENT, *adj.* Buadhach, cumanta.
 PREVALENTLY, *adv.* Gu buadhach.
 PREVARICATE, *v. n.* Dean breug, bi leam-leat.
 PREVARICATION, *s.* Breugnachadh.
 PREVARICATOR, *s.* Fear-breugnachaidh.
 PREVENT, *v.* Bac, grab, caigs.
 PREVENTION, *s.* Bacadh, grabadh; roì'-ghabhail.
 PREVENTIVE, *adj.* Bacail; dìon, dìdeanach, teasraigeach.
 PREVENTIVE, *s.* Cùngaidh-philidh.
 PREVIOUS, *adj.* Air thoiseach, roimh.
 PREVIOUSLY, *ad.* Roì'-làimh.
 PREVIOUSNESS, *s.* Tùs, tùsachd.
 PREY, *s.* Creach, cobhartach.
 PREY, *v. n.* Thig beò air reubainn; spùinn, creach; ith suas.
 PRICE, *s.* Luach, prìs; duais.
 PRICE, *v. a.* Meas, cuir luach air.
 PRICK, *v.* Bior, stob, lot; dean biorach; spor, stuig, broснаich; gon; dean goirt, dean searbh; sgeadaich thu féin; dean comharradh ciùil.
 PRICK, *s.* Stob, bior; dealg; gonadh, agartas coguis; cuspair, ball-amais, comharradh-ciùil; bioradh, brodadh; lörg maigheich.
 PRICKET, *s.* Dà-bhlidhnach féigh.
 PRICKLE, *s.* Bior, dealg, calg, colg.
 PRICKLY, *adj.* Biorach, guineach.
 PRIDE, *s.* Àrdan, uabhar, uail, stràic, pròis, moit, uaibhreachas, mòr-chuis.
 PRIDE, *v. a.* Àrdaich thu féiu; bi uaibhreach; dean uail á.
 PRIER, *s.* Fear dian-sgrùdaidh.
 PRIEST, *s.* Sagart, pear-eaglais.
 PRIESTCRAFT, *s.* Clóir-sheòltachd.
 PRIESTESS, *s.* Bann-sagart.
 PRIESTHOOD, *s.* Sagartachd.
 PRIESTLINESS, *s.* Sagartalachd.
 PRIESTLY, *adj.* Sagartail.
 PRIESTRIDEN, *adj.* Fo chuing shagart.
 PRIG, *s.* Méirleach, beadagan.
 PRIM, *adj.* Fuirmell, leòmach, eagarach, frionasach, sgeilmell.
 PRIMACY, *s.* Àrd-shagartachd.
 PRIMARY, *adj.* Ceud, prìomh.
 PRIMATE, *s.* Àrd-shagart.

PRIMATESHIP, *s.* Àrd-shagartachd, àrd-easbuigeachd, ceannardachd eaglais.
 PRIMATICAL, *adj.* Àrd-shagartach, àrd-easbuigeach.
 PRIME, PRIMAL, *adj.* Moch, prìomh, deagh, sònraichte, gasda; ceud, tùsach; òirdheirc, urramach.
 PRIME, *s.* An òg-mhadainn, a' chamh-anaich, briseadh na fàire, moch-thrath; taghadh, roghadh; blàth-òige, tréine neirt; ùr-flàs, earrachd; foirfeachd, àrd-choimhliontachd, lànachd; tùs, toiseach.
 PRIME, *v. n.* Cuir a steach fùdar-cluaise.
 PRIMELY, *adv.* Gu sònraichte math.
 PRIMENESS, *s.* Tùs; urram.
 PRIMER, *s.* Leabhar-cloinne.
 PRIMEVAL, *adj.* Sean-aimsireil, àrsaidh, sean-ghnàthach, ceud-aimsireil.
 PRIMITIVE, *adj.* Prìomh, tùsach, air thoiseach, o thoiseach.
 PRIMITIVE, *s.* Bun-fhacal.
 PRIMITIVENESS, *s.* Prìomhachd.
 PRIMITY, *s.* Prìomhachd, tùsachd.
 PRIMOGENIAL, *adj.* Ceud-ghinte.
 PRIMOGENITOR, *s.* Ceud-siunsear.
 PRIMOGENITURE, *s.* Sinnsearrachd.
 PRIMROSE, *s.* Sòbhrach, seòbhrach.
 PRINCE, *s.* Prionnsa, flath.
 PRINCEDOM, *s.* Prionnsachd.
 PRINCELIKE, *adj.* Prionnsail.
 PRINCELINESS, *s.* Prionnsalachd.
 PRINCELY, *adj.* Mòr, flathail.
 PRINCESS, *s.* Banna-phrionnsa.
 PRINCIPAL, *adj.* Ceud, prìomh, àraidh, sònraichte.
 PRINCIPAL, *s.* Ceannard, ceann.
 PRINCIPALITY, *s.* Ceannardachd.
 PRINCIPALLY, *adv.* Gu sòraite; thar chàch.
 PRINCIPLE, *s.* Dùil; màthair-aobhair, aobhar; bun, freumh, gineadair; fìrinn-shuidhichte, stéidh; fàth, ceud-fàth; ceart, ceartas, còir.
 PRINT, *v. a.* Comharraich; clò-bhuail.
 PRINT, *s.* Comharradh, athailt, lorg; inneal comharrachaidh, laghadair; dealbh, clò-bhualadh.
 PRINTER, *s.* Clò-bhuailtear.
 PRINTING, *s.* Clò-bhualadh.
 PRINTLESS, *adj.* Gun lörg.
 PRIOR, *adj.* Air tùs.
 PRIOR, *s.* Àrd-mhanach, aba.
 PRIORITY, *s.* Ban-aba.
 PRIORITY, *s.* Toiseach, toiseachd.
 PRIORSHIP, *s.* Abachd.

- PRIORY, s.** Comunn mhanach, abaid.
PAISM, s. Gloine-sgaraidh ghathan soluis.
PRISON, s. Gainntir, prìosan.
PRISONED, part. Prìosanaichte.
PRISONER, s. Prìosnach, ciomach.
PRISONMENT, s. Prìosnachd.
PRISTINE, adj. Prìomh, sean, àrsaidh.
PRITHEE, (abbreviation for I pray thee.) Guidheam ort.
PRIVACY, s. Uaigneachd, aonarachd, dìomhair eachd, falach, cleith.
PRIVATE, adj. Uaigneach, dìomhair, falaichte, neo-fhollaiseach, neo-choitcheann; saighdear-cumanta.
PRIVATEER, s. Long-spùinnidh.
PRIVATENESS, s. Dìomhair each.
PRIVATELY, adv. Gu dìomhair.
PRIVATION, s. Toirt air falbh, dìobhlail, call, uireasbhuidh, dìth.
PRIVATIVE, adj. A' toirt air falbh, dosgainneach.
PRIVILEGE, s. Sochair, dlìghe, còir.
PRIVILEGE, v. a. Builich sochair air, thoir sochair do, saor o chìs.
PRIVITY, s. Rabhadh dìomhair.
PRIVY, adj. Uaigneach; fiosrach air.
PRIVY, s. Taigh-fuagairt, taigh heag.
PRIZE, s. Duais, geall; creach.
PRIZE, v. a. Meas, cuir mòr mheas air, cuir luach air.
PRO, prep. Air son, as leth.
PROBABILITY, s. Coltachd, coltas.
PROBABLE, adj. Coslach, coltachail.
PROBAT, PROBATE, s. Dearbhadh, còmhach, deanamh a mach.
PROBATION, s. Dearbhadh, feuchainn.
PROBATIONARY, adj. Deuchainneach.
PROBATIONER, s. Deuchainniche.
PROBE, s. Bior-tomhais lotan.
PROBE, v. a. Sir, iarr, rannsaich.
PROBITY, s. Fìrinn, tréidhreas.
PROBLEM, s. Ceist.
PROBLEMATICAL, adj. Ceisteach.
PROBOSCIS, s. Gnos, soc fada.
PROCEDURE, s. Dòigh, stiùradh.
PROCEED, v. s. Toradh, teachd a mach.
PROCEED, v. n. Imich, gluais, rach air t' aghaidh; rach a mach; sruth, tarnaich, éirich o; thig air aghaidh; cuir air aghaidh.
PROCEEDING, s. Dol, imeachd, siubhal, teachd air aghaidh.
PROCRITY, s. Àirde.
PROCESS, s. Dol air aghaidh, siubhal, gluasad; sruth, sruthadh; scòl, dòigh, inl eachd; cùis-lagha.
PROCESSION, s. Mòr-chuideachd, mòr-bhuidheann siubhail.
- PROCLAIM, v. a.** Glaoth, foillsich, éigh.
PROCLAMATION, s. Glaothaich.
PROCLIVITY, s. Aomadh, claonadh, togradh, déidh, miann, ealamhachd.
PROCASTINATE, v. Dean maille, cuir dàil, bi màirnealach.
PROCASTINATION, s. Dàil, màirneal.
PROCREANT, adj. Torrach, siolmhor.
PROCREATE, v. a. Gin, sìolaich, dèan.
PROCREATION, s. Gineamhuinn.
PROCREATIVE, adj. Gineamhuinneach.
PROCREATOR, s. Gineadair.
PROCTOR, s. Fear-gnothaich.
PROCTORSHIP, s. Dreuchd fir guothaich.
PROCURABLE, adj. So-fhaotainn.
PROCURATOR, s. Procadair.
PROCURE, v. a. Faigh, coisinn.
PROCURER, s. Fear-solair.
PROCURESS, s. Bean-sholar strìopach.
PRODIGAL, adj. Struidheil, caithreach.
PRODIGAL, s. Struidhear.
PRODIGALITY, s. Stròdhalachd.
PRODIGIOUS, adj. Uabhasach, anaharrach, còrr, eagalach.
PRODIGY, s. Mìorbhuill, iongantas, neònachas, uabhas.
PRODUCE, v. a. Thoir 'san làthair, nochd, taisbean; thoir mar fhianais.
PRODUCE, s. Toradh, cinneas.
PRODUCIBLE, adj. So-nochdadh.
PRODUCE, s. Toradh, suim, tomad, fàs, cinntinn, àireamh, obair.
PRODUCTION, s. Dèanamh, obair, toirt a mach, toirt am fianais; toradh.
PRODUCTIVE, adj. Tarbhach, torach, sìolmhor, lìonmhor, pàilt, gineadach.
PROEM, s. Roi'-ràdh.
PROFANATION, s. Mì-naomhachadh.
PROFANE, adj. Mì-naomha.
PROFANE, v. a. Mì-naomhaich.
PROFANENESS, s. Mì-naomhachd.
PROFANER, s. Fear mì-naomhachaidh.
PROFESS, v. Aidich, cuir an céill, nochd, taisbean, dean aideachadh.
PROFESSION, s. Cèaid, obair, dreuchd, ealain; aideachadh.
PROFESSIONAL, adj. Ealainneach.
PROFESSOR, s. Fear-aidmheil.
PROFESSORSHIP, s. Dreuchd fhìr-aidmheil.
PROFFER, v. a. Tairg, thoir tairgse, thoir ionnsaidh.
PROFFER, s. Tairgse; deuchainn, oidheirp, ionnsaidh.
PROFICIENCY, s. Teachd air aghart, aghartachd.
PROFICIENT, s. Fear-ionnsaichte.
PROFILE, s. Leth-aghaidh.

- PROFIT, s.** Burnnachd, tairbhe, feum.
PROFIT, v. Buannaich, tarbhaich, dean math do, buidbinn; coisinn.
PROFITABLE, adj. Buannachdach, buannachdail; tarbbach, feumail.
PROFITABLENESS, s. Buannacbd.
PROFITLESS, adj. Neo-fbarbhach.
PROFLIGACY, s. Mi-stuamachd.
PROFLIGATE, adj. Mi-stuama.
PROFLIGATE, s. Struidhear.
PROFOUND, adj. Dombain; tul-chuis-each, tùrail; iriosal, ùmhal; ro-ionnsaichte, foghlumte.
